



**Buidheann Chorporra
Pàrlamaid na h-Alba**

Dreachd Phlana Gàidhlig

2008-2013



Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Dreachd Phlana Gàidhlig

2008-2013

Plana Gàidhlig fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

SGRÌOBHAINN CO-CHOMAIRLEACHAIDH

Clàr-innse

	Duilleag
Geàrr-chunntas	5
Ro-ràdh	
Achd na Gàidhlig (Alba) agus brath a thaobh plana Gàidhlig a dheasachadh	7
Tuairisgeul air Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BCPA)	8
Gàidhlig ann an obair BCPA	10
Solarachadh An-dràsta	14
Plana Leasachaidh 2008-2013 – Prìomh Gheallaidhean	17
Plana Leasachaidh 2008-2013 – A' cuideachadh le <i>Plana Nàiseanta na Gàidhlig</i> a chur an gnìomh	34
A' Sgrùdadh Gnìomhachadh a' Phlana	43
A' cur fios Thugainn	44
Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh	45
Pàipear-taice A: Sgrùdadh air Cleachdadh	47
Pàipear-taic B: A' toirt Aithne Dhà-chànanach gu buil	53

NB – Is e dreachd sgrìobhainn airson deasbad agus co-chomhairle a bhrosnachadh a th' anns an dreachd Phlana Ghàidhlig aig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba. Tha na puingeann gnìomha a tha air an ainmeachadh sa Phlana ann airson beachdachadh agus deasbad agus cha bu chòir gabhail riutha mar gum b' iad na geallaidhean foirmeil a nì sinn aig a' cheann thall fo Phlana Gàidhlig reachdail Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.

CLÀR-MÌNEACHAIDH	
BCPA	Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (a' toirt taic do Phàrlamaid na h-Alba a bhith a' coileanadh a dreuchd bhun-reachdail mar bhuidheann riochdachaidh agus reachdais. Is i prìomh obair BCPA a bhith a' solarachadh Pàrlamaid na h-Alba, no dèanamh cinnteach gu bheil i air a solarachadh, leis na togalaichean, luchd-obrach agus seirbheisean a dh'fheumas i).
Buidheann an Luchd-stiùiridh	An Clàrc/Ceannard agus an còignear Neach-stiùiridh air a bheil dleastanas airson seirbheisean a libhrigeadh don Phàrlamaid. Bidh iad ag obair mar àrd-bhuidheann comhairleachaidh don Chlàrc/Ceannard agus a' bruidhinn còmhla air dleastanasan Luchd-stiùiridh. Tha a' bhuidheann cuideachd na prìomh modh conaltraidh eadar an Sgioba Àrd-mhanaidsearan agus BCPA.
FLI	Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig
FTMG	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
RG	Riaghladh Ghoireasan (oifis ann am BCPA air a bheil dleastanas airson togalaichean a sholarachadh don Phàrlamaid, airson àrainneachd na Pàrlamaid agus mòran de na seirbheisean taice. Bidh RG a' toirt seachad comhairle air slàinte is sàbhailteachd, riaghladh sàbhailteachd teine, agus càileachd na h-àrainneachd, cho math ri a bhith a' riaghladh cùnnraidhean glanaidh, solarachd bidhe agus càradh).
SAM	Sgioba Àrd-mhanaidsearan (buidheann ann am BCPA a bhios a' toirt comhairle don Chlàrc/Ceannard air grunn chuspairean riaghlaidh ioma-roinneil, tro shàr-dheasbad agus le bhith a' roinneadh eòlas agus fiosrachadh corporra. Tha prìomh àite aig SAM aig toiseach deasachadh phoileasaidhean agus ann an taic a chur ri gnìomhachadh phoileasaidhean agus tionnsgnaidhean air feadh na Buidhne).
Seirbheisean Coimhearsnachd	Oifis ann am BCPA a bhios, an co-bhonn le Seirbheisean Luchd-tadhail, ag amas air daoine oideachadh mun Phàrlamaid agus a' toirt ceangal dhaibh ri gnòthach na Pàrlamaid agus BPA tro obair-choimhearsnachd air feadh na h-Alba. Tha dleastanas orra airson seirbheisean agus stòrasan a libhrigeadh sa Ghàidhlig.
SLT	Seirbheisean Luchd-tadhail (oifis ann am BCPA a libhrigeas inntigeadh do ghnothach na Pàrlamaid, Buill agus an togalach fhèin tro sheirbheisean fàilteachais, tiogaidean a' ghaileiridh phoblach, turasan treòraichte, turasan/coinneamhan fiosrachaidh/tachartasan foghlaim agus bùth na Pàrlamaid).
SLT&C	Seirbheisean Luchd-tadhail agus Coimhearsnachd.
SPEIR	An eadra-lìon aig BCPA.
SPICe	Oifis fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba (oifis ann am BCPA a bhios a' toirt seirbheisean rannsachaidh, fiosrachadh

	agus sgrìobhainnean do BPA, an luchd-obrach aca agus luchd-obrach na Pàrlamaid, airson taic a thoirt do ghnòthach na Pàrlamaid).
T&T	Tachartasan agus Taisbeanaidhean (oifis ann am BCPA a bhios a' ruith a' phrògram mòr-thachartasan, a' co-òrdanachadh tachartasan/taisbeanaidhean BPA, cruinneachadh ealain na Pàrlamaid agus prògram nan taisbeanaidhean poblach)
Tèarainteachd	Oifis na Tèarainteachd (oifis ann am BCPA a bhios a' cumail smachd air cò thig an àrainn na Pàrlamaid, a' dìon BPA agus a h-uile duine eile anns a' Phàrlamaid, eadar an luchd-obrach, luchd-cùnnraidh agus am poball. Tha dleastanas orra cuideachd airson uidheim agus stuth seilbh eile a dhìon bho mheàirle no ana-chaitheamh agus airson togalaichean a dhìon. Bidh an oifis a' dèanamh cinnteach às tèarainteachd gnothaichean Comataidh agus Seòmair).
TFG	Teicneòlas Fiosrachaidh agus Gnothaich (oifis ann am BCPA a bhios a' dèanamh phròiseactan agus a' tabhann sheirbheisean gus taic agus leasachadh a thoirt air an teicneòlas a chuidicheas gnòthach na Pàrlamaid).

Geàrr-chunntas

Is e seo Plana Gàidhlig reachdail Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba airson 2008-13. Tha e a' toirt tuairisgeul air solarachadh Gàidhlig BCPA an-dràsta agus air na geallaidhean airson leasachadh san àm ri teachd.

Anns a' Phlana, bidh Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BCPA) airson am prionnsabal a chur an gnìomh gu bheil Gàidhlig agus Beurla airidh air spèis cho-ionnan.

Thoiribh fa-near gur ann do BCPA a chuireadh brath a thaobh Plana Gàidhlig a dheasachadh, agus nach b' ann do Phàrlamaid na h-Alba, a tha na buidheann eadar-dhealaichte. Is i prìomh obair BCPA dèanamh cinnteach gu bheil na togalaichean, luchd-obrach agus seirbheisean aig Pàrlamaid na h-Alba a dh'fheumas i, agus tha an obair rianachd seo buileach air leth bhon obair reachdais is eile 's a bheil a' Phàrlamaid an sàs. *Faicibh td 8 airson tuilleadh fiosrachaidh.*

Solarachadh An-dràsta

Tha caochladh sheirbheisean aig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba air an solarachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig tron phoileasaidh cànan aice. Nam measg tha:

- Dèanamh agus sgaoileadh caochladh fhoillseachaidhean Gàidhlig air-loidhne agus air pàipear
- Raon iomlan de dhuilleagan Gàidhlig air an làraich-lìn
- Cur fàilte air litrichean sgrìobhte sa Ghàidhlig agus a' cur fhreagairtean Gàidhlig air ais
- Toirt cothrom don phoball gairmean fòn Gàidhlig a chur thuca
- Soidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan poblach ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba
- Seiseanan Gàidhlig sa choimhearsnachd do sgoiltean agus coimhearsnachdan
- Turasan treòraichte agus seiseanan foghlaim is fiosrachaidh sa Ghàidhlig am broinn na Pàrlamaid
- Lìbhrigeadh farsaingeachd de dh'fhiosrachadh do na meadhanan Gàidhlig
- Seirbheisean eadar-mhìneachaidh/eadar-theangachaidh nuair a thig feum orra airson deasbad agus foillseachadh sa Ghàidhlig mar thaic do ghnothaichean na Pàrlamaid
- Taic do Bhuill agus luchd-obrach pàrlamaideach nuair a tha iad a' cleachdadh Gàidhlig an ceann an cuid gnothaich
- A' cur oideachadh Gàidhlig air dòigh do luchd-obrach BCPA

Prìomh Gheallaidhean as Cudromaiche

Bidh Plana Gàidhlig BCPA a' cur ris an t-solarachadh a th' ann an-dràsta anns na dòighean a leanas:

- Aithne chorporra dhà-chànanach a dhèanamh àbhaisteach thar raon shuidheachaidhean
- Soidhnichean poblach dà-chànanach a sgaoileadh nas fhaide tro àrainn na Pàrlamaid
- Caochladh fhoirmichean Gàidhlig a thoirt a-steach
- Barrachd chothroman a libhrigeadh airson goireasan eadar-mhìneachaidh mar-aon aig coinneamhan poblach
- Raon nas farsainge de dh'fhoillseachaidhean fiosrachadh a' phobaill a dhèanamh sa Ghàidhlig
- Leasachadh air duilleagan-lìn Gàidhlig Pàrlamaid na h-Alba
- Trèanadh mun Ghàidhlig a thoirt do luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball
- Modhan fastaidh ath-dhealbh airson gun gabh iad suim air cùisean Gàidhlig
- Dèanamh cinnteach gu bheil suim ga thoirt don Ghàidhlig nuair a tha poileasaidhean gan cruthachadh agus ann am pròiseasan sgrùdaidh

Cleachdaidh BCPA na ceuman seo airson aire a thogail mun Ghàidhlig agus airson an cànan a dhèanamh nas follaisiche anns an obair aice agus cuiridh i cothroman am meud airson gum faigh muinntir a' phobaill, BPA agus na sgiobannan aca agus luchd-obrach BCPA seirbheisean BCPA tro mheadhan na Gàidhlig.

Airson mholaidhean mionaideach, faicibh td17-33.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tro na Prìomh Gheallaidhean seo, cuiridh Plana Gàidhlig BCPA ri gnìomhachadh nam prìomhachasan a bhuineas ri BCPA a chaidh ainmeachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*.

Airson mholaidhean mionaideach, faicibh td 34- 42

Sgrùdadh agus Ath-bhreithneachadh

Cuiridh BCPA Buidheann Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig air bhonn agus thèid aithisgean sgrùdaidh a dhèanamh a h-uile bliadhna.

Airson mholaidhean mionaideach, faicibh td 43

Ro-ràdh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus brath a thaobh plana Gàidhlig a dheasachadh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (“Achd 2005”) air 21 Giblean 2005 agus thòisich an Achd air 13 Gearran 2006 leis an rùn inbhe thèarainte a thoirt don Ghàidhlig ann an Alba. Tha trì prìomh phàirtean ann an Achd 2005 a tha uile a’ ceangal ri chèile:-

- Tha i a’ cur buidheann reachdail Ghàidhlig air bhonn, Bòrd na Gàidhlig (“am Bòrd”), airson cleachdadh agus tuigse na Gàidhlig a bhrosnachadh agus cothroman air a’ Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig a leasachadh, airson àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha a chur am meud.
- Tha i ga chur mar fhiachaibh air a’ Bhòrd Plana Nàiseanta na Gàidhlig (“am Plana Nàiseanta”) a dheasachadh airson brosnachadh a thoirt do chleachdadh agus tuigse na Gàidhlig, agus foghlam agus cultar na Gàidhlig.
- Tha i a’ toirt ùghdarras don Bhòrd brath reachdail a chur gu buidheann phoblach bhuntainneach sam bith (sin, ùghdarrasan poblach Albannach, ùghdarrasan tar-chrìche agus Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba), ga chur mar fhiachaibh air an ùghdarras sin Plana Gàidhlig ullachadh a dh’innseas ciamar a chleachdas iad Gàidhlig agus a libhrigeas iad cothrom air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha iad an ceann gnothaich sam bith a tha buntainneach.

Plana Gàidhlig – sgaoileadh brath

Faodaidh am Bòrd brath a chur gu buidheann phoblach bhuntainneach sam bith ga chur mar fhiachaibh orra Plana Gàidhlig ullachadh a dh’innseas na ceuman a tha iad dol a ghabhail a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an obair aca agus ceann-latha a shònrachadh nuair a choileanas iad na ceuman sin.

Fhuair BCPA brath air 17 Dàmhair 2006. Feumar am plana a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig air, no ro, 30 Giblean 2008.

Nuair a cho-dhùineas am Bòrd am bu chòir brath reachdail a chur do ùghdarras poblach ga chur mar fhiachaibh air Plana Gàidhlig a dheasachadh, bidh e a’ gabhail suim air an uiread a dh’fhaodadh an t-ùghdarras sin cur ri prìomhachasan sa Phlana Nàiseanta a ghnìomhachadh, an uiread a tha Gàidhlig ga cleachdadh ann an raon-obrach an ùghdarras, cothrom sam bith a bhiodh aig an ùghdarras gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh, agus agartas sam bith a fhuair an t-ùghdarras a thaobh sheirbheisean Gàidhlig.

Plana Gàidhlig – na nithean air an tèid beachdachadh

Nuair a tha ùghdarras poblach ag ullachadh Plana Gàidhlig, feumaidh e-spèis a thoirt:-

- Don Phlana Nàiseanta as ùire;
- Don ìre gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh le daoine ris a bheil obair an ùghdarrais sin ri coileanadh;
- Don ìre gu bheil comas ann don ùghdarras cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh an co-cheangal ri coileanadh na h-obrach sin;
- Do dh'agartas sam bith a fhuair an t-ùghdarras a thaobh cleachdadh na Gàidhlig an co-cheangal ri coileanadh na h-obrach sin;
- Do stiùireadh sam bith a thug Ministearan Albannach no am Bòrd seachad (tha am Bòrd air "Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig" a sgaoileadh); agus
- Do cho-chomhairle le neach-ùidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann.

Tuairisgeul air Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BCPA)

Gnìomhan agus Dleastanasan

B' i BCPA aon de shia ùghdarrasan poblach a fhuair brath reachdail bhon Bhòrd ann an 2006 ag iarraidh orra Plana Gàidhlig a dheasachadh.

Tha Pàrlamaid na h-Alba ann airson cùisean a tha cudromach do shluagh na h-Alba a chomharradh agus a dheasbad agus airson co-dhùnadh agus reachdachadh air na cùisean sin. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha i a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail agus feumaidh i fhèin a bhith cunntachail do shluagh na h-Alba. Tha 129 Ball Pàrlamaid na h-Alba (BPA) innte.

Bidh BCPA a' cumail taic ri Pàrlamaid na h-Alba a bhith a' coileanadh a dreuchd bhun-reachdail mar bhuidheann riochdachail agus reachdail. Is i obair bhunasach BCPA a bhith a' solarachadh Pàrlamaid na h-Alba, no dèanamh cinnteach gu bheil i air a solarachadh, leis na togalaichean, luchd-obrach agus seirbheisean a dh'fheumas i.

Tha obair reachdais agus eile Pàrlamaid na h-Alba air leth bho obair rianachd BCPA. Thoiribh fa-near gur ann do BCPA a chuireadh brath a thaobh Plana Gàidhlig a dheasachadh, agus nach b' ann do Phàrlamaid na h-Alba, a tha na buidheann eadar-dhealaichte. Tha ullachadh a thaobh cleachdadh chànan ann an gnothach na Pàrlamaid stèidhichte anns na Gnàth-riaghailtean a gheibhear air-loidhne aig:
www.scottish.parliament.uk/business/parliamentaryProcedure/index.htm.

Tha an t-ùghdarras aig BCPA rud sam bith a dhèanamh a mheasas i deatamach no feumail airson, no co-cheangailte ri, a gnothach a choileanadh, a' gabhail a-steach cunnraidhean a dhèanamh; pàigheadh iarraidh airson bathar is seirbheisean; airgead a thasgadh air nach eil feum san ùine ghoirid airson a gnothach a choileanadh; agus tiodhlacan a ghabhail.

Bidh BCPA a' beachdachadh agus a' co-dhùnadh air farsaingeachd de chùisean a' buntainn ri ruith Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail a-steach maoineachadh Pàrlamaid na h-Alba agus riarachadh a' bhuidseit; luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba; togalaichean Pàrlamaideach agus cleachdadh agus tèarainteachd nan goireasan aig Taigh an Ròid.

Eagrachadh na Buidhne

Tha BCPA air a dèanamh an àirde de na còig BPA a leanas: Ailig MacFhearghais BPA (Oifigear-riaghlaidh Pàrlamaid na h-Alba agus Neach-cathrach BCPA), Tricia Marwick BPA, Mike Pringle BPA, Ailig Maclain BPA agus Tom Mac an Aba BPA.

Tha BCPA a' fastadh còrr is 400 luchd-obrach, uile airson taic a thoirt do dh'obair Pàrlamaid na h-Alba agus a cuid Buill. Tha uallach air an luchd-obrach, mar bhuidheann, na goireasan, uidheam, taic clèireachd agus seirbheisean eile a sholarachadh don 129 BPA a dh'fheumas iad airson an gnothach Pàrlamaideach a choileanadh.

Tha luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba air an eagrachadh eadar Buidheann a' Chlàirc/Cheannaird agus còig Buidhnean-stiùiridh, mar a leanas: -

- Buidheann-stiùiridh Inntigidh agus Fiosrachaidh
- Buidheann-stiùiridh Clèireachd agus Aithris
- Buidheann-stiùiridh Sheirbheisean Laghail
- Buidheann-stiùiridh Stòrasan agus Riaghlaidh
- Buidheann-stiùiridh Teicneòlais agus Riaghladh Ghoireasan.

Suidheachadh BCPA agus am poball dom bi i a' frithealadh

Tha Pàrlamaid na h-Alba agus BCPA air an suidheachadh ann an Dùn Èideann. Bidh BCPA a' toirt taic do Phàrlamaid na h-Alba, a tha cunntachail do shluagh na h-Alba.

Prionnsapal spèis cho-ionnan

Tha BCPA airson am prionnsapal a chur an sàs gu bheil a' Ghàidhlig agus a' Bheurla airidh air spèis cho-ionnan. Is e rùn BCPA a bhith taiceil agus aoigheil do leasachadh na Gàidhlig agus na planaichean Gàidhlig aice ullachadh air dhòigh 's gun tèid cothroman air Gàidhlig a chleachdadh adhartachadh chun na h-ìre as motha a tha iomchaidh a rèir a suidheachaidh àraidh fhèin.

Ann a bhith a' cur prionnsapal spèis cho-ionnan an gnìomh, tha am Plana Gàidhlig seo airson:

- Dealas BCPA a dhaingneachadh airson na Gàidhlig, a' gabhail ris gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt àraidh de dhualchas na h-Alba agus gu bheil dleastanas air a' bhuidhinn a bhith a' brosnachadh agus a' cuideachadh cleachdadh na Gàidhlig tron obair aice.

- Obair a rèir spiorad Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, 'Plana Nàiseanta na Gàidhlig' agus an 'Stiùireadh air Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig' a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig (2007).
- Cunbhalachd a thoirt gu buil a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon-ùghdarras agus gnìomhan na buidhne agus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh far a bheil sin reusanta agus pragtaigeach.
- Cobhair agus taic a thoirt do BPA tro sheirbheisean BCPA nuair a tha iad airson Gàidhlig a chleachdadh sa Phàrlamaid.
- Aire a thogail tro mheadhan na Gàidhlig mu Phàrlamaid na h-Alba agus mun dreuchd aice, a' leasachadh tuigse air mar a tha i ag obair, a' meudachadh tuigse mu chom-pàirteachadh agus a' misneachadh luchd-labhairt na Gàidhlig gus an urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an obair na Pàrlamaid ma thogras iad.

Gàidhlig ann an obair BCPA

Tha obair BCPA a' buntainn ri Alba gu lèir. Air an adhbhar sin, tha luchd-labhairt agus coimhearsnachdan na Gàidhlig uile ann an Alba anns an raon-obrach aice, a' gabhail a-steach a h-uile h-àite far a bheil daoine as urrainn Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh nam mòr-chuid sluaigh. Tha BCPA a' lìbhrigeadh caochladh sheirbheisean do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh na h-Alba.

Eòlas-sluaigh¹

Ann an cunntas-sluaigh 2001 chaidh 92,400 neach (1.9% de shluagh na h-Alba) a chlàradh a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus/no a leughadh agus/no a sgrìobhadh agus/no a thuigsinn. Bha 58,652 neach a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn (1.15% de shluagh na h-Alba) uile gu lèir

Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos san fharsaingeachd anns a' chunntas-sluaigh mu dheireadh, chaidh an àireamh dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn agus a leughadh agus a sgrìobhadh an àirde eadar 1991 agus 2001, a' sealltainn mar a tha fàs air tighinn air litearras sa Ghàidhlig agus mar a tha àireamh an luchd-ionnsachadh a' dol am meud. Chaidh an àireamh cloinne aois 5-15 aig a bheil Gàidhlig an àirde cuideachd eadar 1991 agus 2001.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig rin lorg air feadh na h-Alba. A-mach às an fheadhainn a chaidh a chomharradh ann an cunntas-sluaigh 2001, bha beagan a bharrachd air dàrna leth a' fuireach anns na sgìrean Gàidhealach (sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle nan Eilean Siar) agus beagan na bu lugha na dàrna leth air Ghallachd. Tha a' mhòr-chuid ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar a' bruidhinn Gàidhlig agus ann am paraiste Chille Mhoire anns an Eilean

¹ Tha dàta a' chunntas-sluaigh air a thoirt bho aithisg Ghàidhlig cunntas-sluaigh 2001, agus lorgar seo air-loidhne aig: <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm/scotcen/scotcen2/scotcen-gaelic/2001gaelic-report.html>. Chaidh an dàta air foghlam a thogail bho: University of Strathclyde, Faculty of Education (2006). *Àireamhan Sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig 2006-07*, Glaschu: Oilthigh Shrath Chluaidh.

Sgìtheanach ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Chan eil ach beagan a bharrachd air cairteal den luchd-labhairt a' fuireach ann an àiteachan far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig sa mhòr-chuid.

Tha mòran de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach anns na sgìrean bailteil le tòrr aca ann am mòr-sgìre Ghlaschu, Dùn Èideann, Inbhir Nis agus Obar Dheadhain. Mar eisimpleir, tha 11,211 neach-labhairt, no 19% den luchd-labhairt gu lèir, a' fuireach ann am Mòr-sgìre Ghlaschu, a rèir cunntas-sluaigh 2001.²

Chan eil àireamh ùghdarrasail ri faighinn airson na tha ann de dh'inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig ach nach eil fileanta fhathast. Ach, ann an sgrùdadh nàiseanta a rinn Iain Galloway ann an 1995 às leth Comunn na Gàidhlig, buidheann leasachaidh na Gàidhlig, fhuaras gun robh mu 8,000 ann an Alba.³

Anns an dùthaich gu lèir, tha mu 2,500 sgoilear ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil an-dràsta, agus 700 leanabh eile ann an sgoiltean-àraich Gàidhlig. Bidh eadar 2,500 agus 3,000 luchd-ionnsachaidh a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Beurla gach bliadhna eadar À1 agus À6.⁴ Bidh mòran cloinne ann am bun-sgoiltean Beurla a' dèanamh an sgeama *Gàidhlig sa Bhun-sgoil* (GLPS) gach bliadhna: mu 6,500 leanabh san t-seisean 2005/6.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig a' sònrachadh thargaidean soilleir (td15) airson àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig thar nan 35 bliadhna ri thighinn, mar a leanas:

- 65,000 neach-labhairt & 4000 leanabh clàraichte ann am FTMG ro 2021,
- 75,000 neach-labhairt agus 10,000 leanabh ann am FTMG ro 2031; agus
- 100,000 neach-labhairt agus 50,000 leanabh ann am FTMG ro 2041.

Ge bith dè an àireamh a bhios ann de luchd-labhairt na Gàidhlig uile gu lèir, faodaidh dùil a bhith ann ri tuilleadh meudachaidh ann an litearras, àireamhan luchd-ionnsachaidh fileanta agus FTMG, agus mar sin, barrachd iarrtais air seirbheisean.

Beachdan a' Mhòir-shluaigh mun Ghàidhlig

² An seo, tha Mòr-sgìre Ghlaschu a' ciallachadh Baile Ghlaschu, Siorrachd Lannraig a Tuath, Siorrachd Lannraig a Deas, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar, Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh.

³ Galloway, John (1995). *Estimation of the Number and Distribution of Adult Learners of Gaelic: Final Report. Inbhir Nis: Comunn na Gàidhlig.*

⁴ Anns an t-seisean 2006/7, bha 701 leanabh ann an 60 sgoil-àraich Ghàidhlig, 2092 leanabh ann am FTMG ann an 62 bun-sgoil agus 293 sgoilear àrd-sgoile ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an 17 sgoil. Anns an aon bhliadhna, bha 945 sgoilear ag ionnsachadh Gàidhlig do dh'fhileantaich ann an clasaichean ann an 37 Àrd-sgoiltean. Chan eil a' mhòr-chuid de sgoiltean a' tabhann cuspair sam bith eile tro mheadhan na Gàidhlig fhathast. Bha 2696 sgoilear àrd-sgoile eile a' dèanamh Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh ann an 35 sgoiltean.

Tha ùidh aig mòran daoine aig nach eil Gàidhlig anns a' chànan. Anns an Lùnastal 2003 bharrantaich am BBC & Bòrd na Gàidhlig a' chiad sgrùdadh tomhasail mòr nàiseanta a rinneadh riamh an Alba air beachdan mun Ghàidhlig. Fhuair a' bhuidheann rannsachaidh neo-eisimeileach MRUK ged nach robh Gàidhlig sam bith aig 87% den fheadhainn a ghabh pàirt ann an agallamh (1,020), gun robh 66% den bheachd gur i pàirt chudromach de bheatha na h-Alba a bh' innte agus gum bu chòir a h-adhartachadh. A thuilleadh air seo, bha 87% airson leigeil le clann Gàidhlig ionnsachadh nan togradh iad agus bha 64% den bheachd gum bu chòir foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh.

Cùisean a Bheir Buaidh air Cleachdadh Sheirbheisean

Is e duilgheadas mòr do sheirbheisean Gàidhlig san fharsaingeachd nach robh riamh ach beagan sheirbheisean poblach rim faighinn sa Ghàidhlig, agus, air an adhbhar sin, nach eil luchd-labhairt na Gàidhlig an dùil gum faigh iad air Gàidhlig a chleachdadh nuair a dhèiligeas iad ri ùghdarrasan poblach. Glè thric, chan eil luchd-labhairt na Gàidhlig cleachdte ri seirbheisean poblach fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig airson gun robh an cànan ceangailte ri dachaigh agus coimhearsnachd anns na làithean a chaidh seachad agus nach robh i ceadaichte aig ìrean na b' àirde. A chionn nach tàinig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a-steach gu na 1980an, tha mòran fhileantach nas comhfhurtail a' leughadh, a' sgrìobhadh agus a' bruidhinn ann an suidheachaidhean poblach sa Bheurla seach sa Ghàidhlig.

Seirbheisean BCPA agus cleachdadh

Tha BCPA a' tabhann raon mòr sheirbheisean do luchd-labhairt na Gàidhlig mar-thà agus tha i air a bhith gnìomhach a' sgaoileadh fios mun deidhinn gus aire a thogail agus cleachdadh a bhrosnachadh. Is e fear de phrìomh amasan a' Phlana seo aire mu sheirbheisean Gàidhlig agus cleachdadh sheirbheisean a chur am meud. Thèid an obair seo a chuideachadh nuair a tha buidhnean eile air planaichean a dheasachadh fo fhrèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) airson gu bheil seo buailteach aire a thogail, cleachdadh a bhrosnachadh agus na tha daoine a' sùileachadh a chur am meud.

Chithear air duilleagan 14 agus 15 na tha BCPA a' solarachadh an-dràsta. Tha toradh an sgrùdaidh air cleachdadh ri lorg ann am Pàipear-taice A.

Gu ruige seo, tha na thathas ga chaitheamh de sheirbheisean Gàidhlig BCPA na adhbhar misneachd, gu h-àraidh a thaobh na làraich-lìn, foillseachaidhean agus seirbheisean do sgoiltean. Is e luchd-ionnsachaidh inbheach fileanta, luchd-ionnsachaidh inbheach, sgoiltean Gàidhlig, buidhnean Gàidhlig agus fileantaich le Gàidhlig bho thùs a tha an sàs ann am buidhnean Gàidhlig am prìomh luchd-cleachdaidh air na seirbheisean. Ach, chan eil cùisean cho misneachail a thaobh cleachdadh le daoine aig a bheil Gàidhlig bho thùs ach nach eil an sàs ann am buidhnean Gàidhlig no leasachadh na Gàidhlig. Tha na ceuman sa Phlana seo air an dealbh airson brosnachadh a thoirt do raon nas farsainge de dhaoine a bhith a' cleachdadh nan seirbheisean Gàidhlig a tha rim faighinn.

Airson an fhìor mhòr-chuid, tha na ceistean agus litrichean Gàidhlig a tha BCPA a' faighinn bhon phoball air a bhith a' buntainn ri cùisean Gàidhlig gu ruige seo. Is e amas eile sa phlana gun tuig daoine gum faod iad Gàidhlig a chleachdadh gus seirbheis sam bith fhaighinn.

Solarachadh an-dràsta

Cùl-fhiosrachadh

Tha Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba a' tabhann raon farsaing de sheirbheisean air luchd-labhairt na Gàidhlig.

Mar fhreagairt air an iomadachd chànan a th' againn ann an Alba, dheasaich BCPA poileasaidh cànan san Iuchar 2002 (a chaidh ath-sgrìobhadh san t-Samhain 2004). Tha am poileasaidh:

- na fhrèam-obrach airson na tha a' Phàrlamaid a' dèanamh sa Ghàidhlig airson fiosrachadh a thoirt seachad agus leigeil le daoine Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha iad a' gabhail pàirt ann an obair na Pàrlamaid,
- air a dhealbh airson dèanamh às le bacadh cànan sam bith a dh'fhaodadh stad a chur air luchd-còmhnaidh an Alba nach eil fileanta sa Bheurla a bhith a' gabhail pàirt ann an obair na Pàrlamaid no faighinn a-mach tuilleadh mu ciamar a tha a' Phàrlamaid ag obair,
- a' mìneachadh na tha BCPA air dèanamh airson fiosrachadh mun Phàrlamaid agus mar a tha i ag obair a thoirt do luchd-tadhail a dh'Alba nach eil fileanta sa Bheurla, agus
- a' cur taic ris an fhiosrachadh air cleachdadh chànan a tha stèidhichte ann an Gnàth-riaghailtean na Pàrlamaid.

Chithear am poileasaidh gu lèir air-loidhne aig:

<http://www.scottish.parliament.uk/gaidhlig/PoileasaidhCanain.htm>

Mar thoradh air seo, tha BCPA a' solarachadh na leanas airson Gàidhlig an-dràsta:

Inntrigeadh agus fiosrachadh poblach

- Tha BCPA a' dèanamh agus a' sgaoileadh raon fhoillseachaidhean air-loidhne agus air pàipear sa Ghàidhlig a' gabhail a-steach an aithisg bhliadhnail agus mòran stuth airson fiosrachadh a' phobaill.
- Tha BCPA a' libhrigeadh raon iomlan de dhuilleagan-lìn Gàidhlig aig: www.scottish.parliament.uk/gaidhlig. Tha còrr is 700 duilleag-lìn ann an-dràsta.
- Tha BCPA a' cur fàilte air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig agus bidh iad a' freagairt sa Ghàidhlig nuair a tha feum air freagairt.
- Faodaidh muinntir a' phobaill fios a chur air BCPA anns a' Ghàidhlig air a' fòn tro Sheirbheis na Gàidhlig.

- Tha na soidhnichean ann an àiteachan poblach ann am Pàrlamaid na h-Alba dà-chànanach sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
- Tha seiseanan obair-choimhearsnachd rim faighinn sa Ghàidhlig airson sgoiltean is coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach prògram na Pàrlamaid *BPA ann an Sgoiltean*.
- Tha turasan treòraichte agus seiseanan foghlaim is fiosrachaidh anns a' Phàrlamaid rim faighinn sa Ghàidhlig.
- Tha BCPA a' sgaoileadh farsaingeachd fiosrachaidh do na meadhanan a' gabhail a-steach:
 - Caochladh farsaing de dh'fhiosan-naidheachd air an eadar-theangachadh don Ghàidhlig.
 - Tha an iris *An t-Seachdain Seo ann am Pàrlamaid na h-Alba* air a h-eadar-theangachadh a h-uile seachdain airson nan duilleagan-lìn Gàidhlig nuair a tha a' Phàrlamaid a' suidhe.
 - Tha naidheachdan mun Phàrlamaid gan cur a-mach do na meadhanan agus don phoball gu tric tro liosta puist nan Oifigearan Gàidhlig.
- Tha Oifigear Gàidhlig ag obair mar neach-labhairt na Pàrlamaid do na meadhanan Gàidhlig, a rèir feuman Oifis nam Meadhanan.
- Tha BCPA a' cur tionndadh Gàidhlig air dòigh den a h-uile gairm-fianais a tha Comataidhean a' cur a-mach.
- Tha BCPA a' cur eadar-mhìneachadh/eadar-theangachadh Gàidhlig air dòigh airson taic a thoirt do ghnòthaichean na Pàrlamaid a dheasbad agus fhoillseachadh nuair a tha iarrtas ag èirigh.
- Tha Seirbheis na Gàidhlig a' toirt taic do Bhuill agus Luchd-obrach na Pàrlamaid nuair a chleachdas iad Gàidhlig an ceann an ghnòthaich phàrlamaidich

Seirbheisean Eile

- Faodaidh luchd-obrach BCPA teagasg sa Ghàidhlig fhaighinn tro phrògraman trèanaidh BCPA.
- Tha BCPA a' toirt taic do phròiseact Faclair na Pàrlamaid agus don bhuidhinn-cheangail air ainmean àite Gàidhlig, Ainmean Àite na h-Alba (AÀA).

Tron Phlana Ghàidhlig reachdail, tha BCPA a' mìneachadh ciamar a leasaicheas i na seirbheisean Gàidhlig aice thar còig bliadhna bhon Dàmhair 2008 gu Sultain 2013, airson aire a thogail, cleachdadh a bhrosnachadh agus airson spèis cho-ionainn a chur an sàs.

Prìomh Gheallaidhean

Tha an earrann seo ag innse ciamar a chleachdas BCPA Gàidhlig anns na pròiseasan aice am broinn na buidhne leithid aithne chorporra, conaltradh, foillseachadh agus cùisean luchd-obrach, agus ciamar a thèid Gàidhlig a chleachdadh anns na seirbheisean a bhios BCPA a' libhrigeadh. Mar a tha riatanach fo earrann 3(4)(b) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba), tha an earrann seo a' coimhead ri leasachadh ceum air cheum thar còig bliadhna agus tha clàr-ama innte airson geallaidhean leasachaidh BCPA a chur an gnìomh.

Tha i a' gabhail suim air cleachdadh sheirbheisean an-dràsta; iartas a dh'fhaodadh nochdadh ann an raon-obrach BCPA; cùrsa na roi-innleachd a tha air a mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig; leasachadh a dh'fhaodadh a thighinn air a' Ghàidhlig ann an àiteachan no am measg buidhnean luchd-cleachdaidh eadar-dhealaichte air feadh na h-Alba.

Nuair a tha cleachdadh a' tachairt mar-thà tha seo air a chomharradh gu h-ìosal ann an *clò Eadailteach*.

Prìomh Gheallaidhean

	Gnìomh	Ceann-latha coileanaidh
Aithne		
<p>Aithne chorporra: Nuair a tha Gàidhlig ann an aithne chorporra ùghdarras poblach faodaidh seo an cànan a dhèanamh mòran nas follaisiche, ag innse mar a tha an t-ùghdarras a' cur luach air agus ciamar a tha iad dol a thoirt àite dha</p>		
Cleachdadh An-dràsta	<p><i>Tha suaicheantas Gàidhlig agus Beurla aig a' Phàrlamaid ach tha iad air leth bho chèile</i></p> <p><i>Chan àbhaist don t-suaicheantas Ghàidhlig nochdadh ach air pàipearachd agus foillseachaidhean Gàidhlig</i></p> <p><i>Tha grunn bathair anns a' bhùth leis an t-suaicheantas Ghàidhlig air: uisge-beatha, mugaichean is pinn</i></p> <p><i>Tha cairtean gnothaich dà-chànanach leis an dà shuaicheantas orra rim faighinn agus corra uair chaidh an dà shuaicheantas a chleachdadh air stuthan foghlaim dà-chànanach</i></p>	
Molaidhean leasachaidh	<p>Cuir suaicheantas ùr dà-chànanach an àite nan suaicheantasan Gàidhlig agus Beurla a th' ann an-dràsta; atharraich an stiùireadh stoidhle a rèir seo.</p> <p>Airson fiosrachadh air ciamar a tha an suaicheantas ga chleachdadh an-dràsta, faicibh Pàipear-taice B. Tha planaichean a thaobh an suaicheantas ùr a chleachdadh air sanasan, an làrach-lìn agus foillseachaidhean rin lorg anns na h-earrainnean sin den Phlana seo.</p> <p>Leasachadh agus co-òrdanachadh air gnìomhachadh a' Phlana ceum air cheum mar a thèid stòrasan ùra a thoirt a-steach no a bharrantachadh:</p> <p>Èideadh</p>	<p>Ath-dhealbhadh an t-suaicheantais agus ath-sgaoileadh tùs-fhaidhlichean/sgriobhainn stiùiridh ron Mhàrt 2009</p> <p>An suaicheantas ùr ga chur an gnìomh anns gach suidheachadh bhon Ghiblean 2009 gu Sultain 2013</p> <p>Ron Chèitean 2009 airson SLT Ron t-Sultain 2009 airson Tèarainteachd Thèid stuthan RG a sgaoileadh mar</p>

		a thig feum orra – tha an cunnradh ùr a' tòiseachadh sa Mhàrt 2008 agus a' ruith gu Màrt 2011 le cothrom air 2 leudachadh fad bliadhna (sin, gu Màrt 2013) agus tha sinn an dùil gun deidheadh stuth ùrachadh san àm seo
	Pàipearachd clò-bhuailte ro-làimh: Cinn-litreach Cèisean Bileagan buidheachais Cairtean gnothaich Cairtean fios-freagairt	Ron t-Sultain 2013
	Bathar na bùtha	Ron t-Sultain 2013
	Dèan sgrùdadh air samhailean dealanach, a' gabhail a-steach an fheadhainn airson fhoillseachaidhean oifigeil, agus an uair sin deasaich agus gnìomhaich Plana airson samhailean/rudan eile ùrachadh.	Sgrùdadh deiseil ron t-Sultain 2009 ; gnìomhachadh (an ìre mhath a' freagradh clàran-ama shiostaman riaghladh fiosrachaidh corporra) bhon Dàmhair 2009 gu Sultain 2013
	Stuth measgaichte: Tiogaidean	Ron Dùbhlachd 2008
	Cèisean airson phasaichean (lanyards)	Ron Dùbhlachd 2008
	Suaicheantas air an àrd-ùrlar airson tachartasan	Ron Dùbhlachd 2008
	Obair-ealain DVD	Ron t-Sultain 2010

Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh) Ionnan ri cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne chorpóra, faodaidh Gàidhlig air soidhnichean an cànan a dhèanamh mòran nas follaisiche agus mòran a ràdh mu inbhe a' chànain. Cuideachd, nuair a thèid cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh san dòigh seo faodaidh luchd-labhairt faclan ùra ionnsachadh agus leasachadh a thighinn air a' chànain fhèin.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha soidhnichean dà-chànanach a-muigh agus a-staigh ann an àiteachan poblach ann am Pàrlamaid na h-Alba</i>	<i>Air a thoirt a-steach 1999</i>
	<i>Tha fàilte Ghàidhlig air an t-Sianal Fiosrachaidh ann an Talla a' Phobail</i>	<i>Air a thoirt a-steach Iuchar 2007</i>
	<i>Tionndaidhean Gàidhlig de thotalan air obair-ealain</i>	<i>Ron Ghearran 2008</i>
Molaidhean leasachaidh	Dèan sgrùdadh air an obair a tha ri dèanamh agus cuir an ìmpoirt soidhnichean dà-chànanach ann an àiteachan neo-phoblach am broinn an togalaich a tha air slighe an turais-thrèraichte agus soidhnichean iùil dà chànanach air feadh àrainn na Pàrlamaid	Ron Mhàrt 2009
	Deasaich poileasaidh gum bi a h-uile soidhne sealach ann an àiteachan poblach dà-chànanach airson cumail ri modh cunbhalach a thaobh shoidhnichean poblach dà-chànanach; foillsich stiùireadh air SPEIR a' gabhail a-steach poileasaidh nach tèid soidhne a tha sa Bheurla a-mhàin a chleachdadh ach nuair a tha fìor chabhaig sa chùis	Ron Dùbhlachd 2008
Conaltradh		
Fàilteachas: Nuair a chluinneas daoine Gàidhlig a' chiad turas a thig iad an lùib ùghdarras poblach tha seo a' toirt barrachd guth don chànan san fharsaingeachd agus ag innse do dhaoine gu bheil e comasach dhaibh an cànan a chleachdadh agus gu bheileas a' cur fàilte oirre. Tha e cuideachd a' cruthachadh shuidheachaidhean pragtaigeach far an urrainnear Gàidhlig a chur gu feum agus a' toirt misneachd don luchd-labhairt an cànan a chleachdadh nuair a dhèiligeas iad ris an ùghdarras sin uair eile		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha Oifigearan Gàidhlig a' tighinn don deasg-fhàilte a chuideachadh muinntir a' phobail aig a bheil ceistean Gàidhlig</i>	
Molaidhean leasachaidh	Dèan modh foirmeil às a' chleachdadh a th' ann an-dràsta airson dèiligeadh ri daoine a nochdas le ceistean sa Ghàidhlig	Ron Mhàrt 2009
	Thoir a-steach trèanadh do luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball airson an aire a thogail mun Ghàidhlig, a' gabhail a-steach abairtean feumail agus mar a bu ìmpoirt an cleachdadh	Faicibh an earrann gu h-ìosal air trèanadh luchd-obrach
Fòn: Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh fòn leis an ùghdarras cudromach airson suidheachaidhean pragtaigeach a chruthachadh far an gabh Gàidhlig a chur gu feum agus airson innse do dhaoine gu bheil fàilte ron chànan agus gu bheil e comasach dhaibh a chleachdadh.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha gairmean don àireamh fòn coitcheann bho luchd-labhairt na Gàidhlig gan cur gu Seirbheis na Gàidhlig</i>	

	<i>Tha teachdaireachd dhà-chànanach air fònaichean Seirbheis na Gàidhlig</i>	
Molaidhean leasachaidh	Dèan modh foirmeil às a' chleachdadh a th' ann an-dràsta airson gairmean a chur troimhe gu Seirbheis na Gàidhlig	Ron Mhàrt 2009
	Cuir àireamh fòn Seirbheis na Gàidhlig anns a h-uile foillseachadh ùr airson fiosrachadh a' phobaill agus air a' cheann-litreach dhealanach mar phàirt den t-seòladh àbhaisteach	Mar a thèid foillseachaidhean/samhailean ùrachadh bhon Dàmhair 2008 chun an t-Sultain 2013

Post agus post-d: nuair a tha Gàidhlig ga cleachdadh ann an conaltradh puist is puist-d le ùghdarras poblach tha cothrom ag èirigh airson Gàidhlig a chleachdadh ann an dà sheòrsa coluadair cudromach agus faodaidh luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh ann an raon farsaing de shuidheachaidhean.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha BCPA a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig agus nuair a tha feum air freagairt, freagraidh iad sa Ghàidhlig</i>	
	<i>Nuair a tha iad a' tòiseachadh conaltradh, bidh Seirbheis na Gàidhlig a' cleachdadh Gàidhlig no Gàidhlig is Beurla le daoine is buidhnean ma tha fios gum b' fheàrr leotha conaltradh sa Ghàidhlig</i>	
Molaidhean leasachaidh	Cruthaich modhan leis na h-oifisean freagarrach gus dèanamh cinnteach gum faigh conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig freagairt sa Ghàidhlig taobh a-staigh àm freagairt àbhaisteach an ùghdarras agus taobh a-staigh nan crìochan reachdail, agus gur e freagairtean eadar-amail Gàidhlig a thèid a chur air ais do chonaltradh Gàidhlig	Modhan air an deasachadh ron Mhàrt 2009; gnìomhachadh bhon Ghiblean 2009
	Can anns a h-uile Gairm Fianais Bheurla agus Gairm Fianais Ghàidhlig gum faodar fianais a chur a-steach sa Ghàidhlig	Ron t-Sultain 2009
	Cuir tionndadh Gàidhlig den àicheadh corporra/bann sanasachd aig deireadh puist-d a tha Seirbheis na Gàidhlig a' cur a-mach	Ron Dùbhlachd 2008
	Cruthaich bann sanasachd airson a h-uile post-d a thèid a-mach ag innse mu Sheirbheis na Gàidhlig sa Ghàidhlig, agus mun Phoileasaidh Cànan sa Bheurla	Ron Dùbhlachd 2008
Foirmichean: Nuair a tha Gàidhlig ga cur air foirmichean ùghdarrasan poblach faodaidh sin mòran chothroman a libhrigeadh airson an cànan a chleachdadh. Tha raon farsaing de dh'fhoirmichean Gàidhlig no dà-chànanach a' togail inbhe a' chànan agus ga dhèanamh nas follaisich agus tha obair deasachaidh foirmichean, tagraidhean agus sgrìobhainnean den leithid a' leudachadh briathrachas na Gàidhlig agus tuigse luchd-labhairt na Gàidhlig gu bheil leithid a bhriathrachas ann, agus anns an dòigh sin a' leasachadh a' chànan fhèin.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Gabhaidh BCPA ri foirmichean a tha air an lìonadh sa Ghàidhlig</i>	
Molaidhean leasachaidh	Deasaich tionndaidhean Gàidhlig de na foirmichean as motha thèid a chleachdadh airson muinntir a' phobail a chleachdadh air-loidhne: <ul style="list-style-type: none"> ▪ Foirm òrduigh airson fhoillseachaidhean Gàidhlig ▪ Foirm sheòlaidhean Gàidhlig (ionnan ris an àireamh mhòr de dh'fhoirmichean sheòlaidhean Beurla) ▪ Foirmichean clàraidh airson tachartasan foghlaim (agus foirm clàraidh sam bith eile a thig a-mach san àm ri teachd airson seirbheisean luchd-tadhail/tachartasan/foghlam/obair-choimhearsnachd) ▪ Foirm iarrtais airson clàr bhòtaidh BPA ▪ Foirm lorg ceist is freagairt 	Ron t-Sultain 2009

	<ul style="list-style-type: none">▪ Foirm lorg ghluasadan▪ Foirm rannsachadh làraich▪ Foirm iarrtais Saorsa Fiosrachaidh▪ Foirm bheachdan mu làrach-lìn	
--	--	--

	Deasaich tionndaidhean Gàidhlig de dh'fhoirmichean beachdan a' phobail: <ul style="list-style-type: none"> ▪ foirm Ceisteachan Luchd-tadhail ▪ foirm bheachdan air tachartas foghlaim ▪ foirm bheachdan air tachartas ▪ foirm bheachdan air taisbeanadh 	Ron Dùbhlachd 2008
Coinneamhan Poblach: Tha cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan poblach na phrìomh chothrom do luchd-labhairt na Gàidhlig na beachdan aca a chur an cèill sa chànan a thogras iad agus tha e a' togail guth na Gàidhlig fhèin ann am farsaingeachd shuidheachaidhean		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha e air a bhith comasach Gàidhlig a chleachdadh aig coinneamhan a chuir Seirbheisean Coimhearsnachd air dòigh gu ruige seo ach dìreach ann an cuid de shuidheachaidhean.</i>	
	<i>Tabhainn raon nas farsaing de sheirbheisean airson deasbad sgoiltean na Gàidhlig, Samhain 2007, mar sgeama deuchainn - foirmichean clàraidh Gàidhlig, soidhnichean sealach Gàidhlig, luchd-treòrachaidh Gàidhlig (air an taghadh bho luchd-obrach BCPA) - agus dèan ath-bhreithneachadh air an deuchainn sin a dh'ionnsaigh seirbheisean a sgaoileadh do thachartasan Gàidhlig eile san àm ri teachd agus an uair sin do thachartas sam bith le buntainneas don Ghàidhlig</i>	Dùbhlachd 2007
Molaidhean leasachaidh	Cruthaich modh foirmeil airson eadar-mhìneachadh mar-aon a thabhann aig a h-uile coinneamh/tachartas poblach a chumas BCPA ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn le cuibhreann susbainteach den t-sluagh (me na h-Eileanan Siar, an t-Eilean Sgitheanach, Ìle, Tiriodh msaa)	Ron t-Sultain 2010
	Cruthaich modh foirmeil gun tèid solarachadh a dhèanamh ann an àiteachan eile far an tèid iarrtas reusanta a nochdadh no far a bheil cuspair a' chòmhradh a' buntainn ri luchd-labhairt na Gàidhlig	Ron t-Sultain 2010
	Deasaich plana margaidheachd airson tachartasan/coinneamhan poblach BCPA gus dèanamh cinnteach gun innsear ro làimhe air sanasan gu bheil eadar-mhìneachadh Gàidhlig ri fhaighinn gus am bi cothrom ann iarrtas air a shon a thomhas	Ron t-Sultain 2010
	Modh stèidhichte airson eadar-mhìneachadh a chleachdadh aig tachartasan ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba airson a thoirt don BPA a tha a' cumail an tachartais gus Gàidhlig a chleachdadh mar a dh'iarradh iad	Ron t-Sultain 2010
Modhan Gearain: a thuilleadh air barrachd shuidheachaidhean pragtaigeach a chruthachadh far an gabh Gàidhlig a chleachdadh, tha stèidheachadh modh gearain far an urrainnear Gàidhlig a chleachdadh a' daingneachadh dealas an ùghdarras do chleachdadh a' chànan agus gus sàr-sheirbheis a thoirt do dhaoine a b' fheàrr am beachdan a chur an cèill tro mheadhan na Gàidhlig		

Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Na phàirt de leasachadh modhan gearain BCPA uile</i>	<i>Modh ri dheasachadh ron Dùbhlachd 2007</i>
Molaidhean leasachaidh	Eadar-theangachadh Gàidhlig de bhileag gearain ri fhaighinn air-loidhne agus air pàipear (bileag deuchainn air-loidhne a-mhàin, bileag dheireannach air-loidhne agus air pàipear)	Faoilleach 2008 gu Dùbhlachd 2008

Foillseachaidhean		
Dàimh Phoblach agus na Meadhanan: Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh ann an sealltainn gu bheil dealas aig ùghdarras poblach airson fiosrachadh cudromach a sgaoileadh tron Ghàidhlig, a' togail inbhe a' chànain agus a' dèanamh a' chànain nas follaisiche		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Eadar-theangaich prìomh fhiosan naidheachd. Far a bheil grunn fhiosan naidheachd a' nochdadh air an aon chuspair, cha tèid ach na prìomh fhiosan eadar-theangachadh. Targaid = 80% de chuspairean fiosan naidheachd air an eadar-theangachadh</i>	
	<i>Eadar-theangaich a h-uile gairm fianais</i>	
	<i>Nuair a tha e ceadaichte, tha an t-Oifigear Gàidhlig ag obair mar neach-labhairt do na meadhanan Gàidhlig.</i>	
Molaidhean leasachaidh	Cuir coinneamh dealbhaidh air dòigh leis na meadhanan Gàidhlig airson fiosrachadh fhaighinn air mar a bu chòir stòrasan a riarachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean a' freagradh feuman an luchd-cleachdaidh agus a' toirt seachad luach an airgid	Ron t-Samhain 2009
Stuth clò-bhuailte: Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an stuth clò-bhuailte an cànan a leasachadh ann an grunn dhòighean. Bidh a' Ghàidhlig nas follaisiche, thèid a h-inbhe a thogail agus i air a cleachdadh ann am foillseachaidhean cliùiteach agus faodaidh e cur ris a' bhriathrachas a th' ann mar-thà agus briathrachas ùr a chruthachadh		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha na foillseachaidhean a leanas rim faighinn sa Ghàidhlig</i> <ul style="list-style-type: none"> ○ <i>Cha mhòr nach eil a h-uile foillseachadh fiosrachadh a' phobaill air a thionndadh don Ghàidhlig:</i> <ul style="list-style-type: none"> ▪ <i>Do Thuras gu Pàrlamaid na h-Alba</i> ▪ <i>Faigh a-mach mu Phàrlamaid na h-Alba</i> ▪ <i>A' Togail do Ghuth</i> ▪ <i>Mar a Chuireas tu Athchuinge Phoblach a-steach do Phàrlamaid na h-Alba</i> ▪ <i>Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba (dà-chànanach)</i> ▪ <i>Ag Obair Dhuibhse 2003-07</i> ○ <i>Aithisg Bhliadhnail Pàrlamaid na h-Alba</i> ○ <i>A h-uile foillseachadh foghlaim agus obair-choimhearsnachd</i> 	
	<i>Nuair a tha foillseachaidhean a' nochdadh air pàipear, is àbhaist don tionndadh Gàidhlig a bhith fa leth bhon tionndadh Beurla. Chaidh tionndaidhean dà-chànanach a dhèanamh de stuth foghlaim/coimhearsnachd agus stuth Seirbheis na Gàidhlig corra uair ach chan eil poileasaidh foirmeil ann air cuin a bu chòir foillseachaidhean fa leth agus foillseachaidhean dà-chànanach a dhèanamh.</i>	
Molaidhean leasachaidh	Thèid raon fhoillseachaidhean Gàidhlig a thoirt a-mach:	
	Thèid a h-uile foillseachadh fiosrachadh a' phobaill agus foghlaim a dhèanamh sa Ghàidhlig	Ron t-Sultain 2009

	(air pàipear agus air-loidhne)	
	Atharraich am modh beachdachaidh airson iarrtasan foillseachaidhean ùra le BCPA gus am feumar smaoineachadh am bu chòir tionndadh Gàidhlig a dhèanamh no am bu chòir Gàidhlig sam bith a bhith anns an fhoillseachadh (me ainmean Gàidhlig, tiotalan dà-chànanach, geàrr-chunntasan Gàidhlig)	Ron Ghiblean 2009
	Thèid am modh beachdachaidh air iarrtasan airson fhoillseachaidhean ùra atharrachadh gus an tèid comhairle Seirbheis na Gàidhlig a shireadh	Ron Ghiblean 2009
	Modh air a stèidheachadh airson comhairle Seirbheis na Gàidhlig a shireadh a thaobh feumalachdan eadar-theangachaidh/ foillseachaidh sgrìobhainnean BCPA leithid aithisg bhliadhnail BCPA, aithisg co-ionannachd BCPA agus a h-uile foillseachadh poblach eile	Ron Ghiblean 2009
	Bidh a h-uile foillseachadh a bhuineas ris a' Phlana Ghàidhlig no seirbheisean Gàidhlig anns an dà-chànan	Lùnastal gu Dàmhair 2008 airson a' Phlana Ghàidhlig
	Deasaich roi-innleachd airson foillseachaidhean Gàidhlig a sgaoileadh	Ron Dùbhlachd 2008
	Eadar-theangaich geàrr-chunntas gach bile airson na làraich-lìn	Dàmhair 2009 gu Sultain 2010
Làraich-lìn: Tha barrachd is barrachd daoine a' faighinn fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, agus nuair a chithear a' Ghàidhlig orra faodaidh seo cur ri inbhe agus follaiseachd a' chànan.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha BCPA a' libhrigeadh raon iomlan de dhuilleagan-lìn Gàidhlig aig: www.scottish.parliament.uk/gaidhlig. Tha còrr is 700 duilleagan-lìn ann an-dràsta</i>	
	<i>Tha tiotalan Gàidhlig air làrach-lìn Holyrood.tv aig www.holyrood.tv</i>	
Molaidhean leasachaidh	Deasaich URL Gàidhlig airson duilleagan Gàidhlig	Ron Mhàrt 2009
	Dèan ceanglaichean don Ghàidhlig nas follaisiche air duilleag aghaidh na Pàrlamaid mar phàirt de dh'ath-dhealbhadh na làraich-lìn	Ron t-Sultain 2013
	Cuir ainm Gàidhlig na Pàrlamaid air ais air duilleag aghaidh na làraich-lìn an ath thuras a thèid ath-dhealbhadh	Ron t-Sultain 2013
	Thoir air ais an tionndadh dà-chànanach de shuaicheantas Pàrlamaid na h-Alba tron làraich-lìn air fad an ath thuras a thèid an làrach-lìn ath-dhealbhadh	Ron t-Sultain 2013
	Cuir fiosrachadh ann an SPEIR mun Phlana Ghàidhlig	Ron t-Samhain 2008
	Atharraich duilleag-aghaidh na Gàidhlig (www.scottish.parliament.uk/gaidhlig) airson 'stiùireadh na làimh clì' a thoirt a-steach air an	Ron t-Sultain 2009

	duilleag aghaidh	
	Rannsaich cothroman airson làn 'stùireadh na làimh chli' a thoirt a-steach mar phàirt de dheasachadh siostam làimhseachadh susbaint airson làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba	Ron t-Sultain 2013
	Thoir a-steach tionndadh Gàidhlig de RSS (Really Simple Syndication)	Ron t-Sultain 2009
	Tionndadh Gàidhlig de dh'fhoirm nan athchuingean ri fhaighinn air-loidhne	Ron t-Sultain 2009
	Faicibh an earrann air Foirmichean airson na geallaidhean air foirmichean air-loidhne	

Taisbeanaidhean: Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean a' nochdadh dealas an ùghdarras airson fiosrachadh a libhrigeadh sa Gàidhlig agus an cànan a chur gu feum ann am barrachd shuidheachaidhean.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha Gàidhlig anns an taisbeanadh sheasmhach ann an Talla a' Phobaill ann am Pàrlamaid na h-Alba</i>	
Molaidhean leasachaidh	Cleachd Gàidhlig ann an stuthan taisbeanaidh nan taisbeanaidhean sealach a tha gan cumail le, no an co-bhonn le, BCPA: dèan deuchainn anns an taisbeanadh <i>Cridhe na Gàidhealtachd</i> (Dùbhlachd 2007-Faoilleach 08) agus gabh mar phoileasaidh as dèidh sin	Dùbhlachd 2007 – Màrt 2008
Luchd-obrach		
Trèanadh: Airson seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach sgilean obrach agus sgilean cànan freagarrach a leasachadh am-measg an luchd-obrach aca		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig air am fastadh a dh'aon ghnòthach airson taic a thoirt do choludair poblach sa Ghàidhlig.</i> <i>Airson ionnsachadh cànan, faicibh an earrann a leanas</i>	
Molaidhean leasachaidh	Thoir prògram trèanaidh air aire mun Ghàidhlig do luchd-obrach a nì coludair ris a' phoball (Seirbheisean Luchd-tadhail & Coimhearsnachd, Tèarainteachd, Fiosrachadh a' Phobaill, Tachartasan & Taisbeanaidhean) Prògram ath-fhiosrachaidh air a stèidheachadh; air a thoirt do luchd-obrach eile le iarrtas	Luchd-obrach coludair air an trèanadh ron Mhàrt 2009 Prògram trèanaidh bliadhnail do luchd-obrach ùr/oifisean eile bhon Ghiblean 2009 gu Sultain 2013
	Taisbeanaidhean don Sgioba Àrd-mhanaidsearan (SAM) agus Ceannardan Oifisean a dh'innse do mhanaidsearan mu gheallaidhean a' Phlana Ghàidhlig	Dàmhair gu Dùbhlachd 2008
	Deasaich nota stiùiridh don luchd-obrach gu lèir air a' Phlana Ghàidhlig agus poileasaidhean/modhan ùra mar a thèid an deasachadh agus foillsich e air SPEIR – a' gabhail a-steach stiùireadh air modhan airson dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig bho dhaoine a thig a-steach no a tha a' bruidhinn air a' fòn	Ron Mhàrt 2009
	Dèan seisean 'Snippets' mun Ghàidhlig mar phàirt den phrògram trèanadh luchd-obrach bhliadhnail	Ron t-Sultain 2009

Luchd-obrach		
Ionnsachadh cànan: Tha e na bhrosnachadh do ionnsachadh na Gàidhlig am-measg inbheach nuair a tha ùghdarras a' tabhann ionnsachadh a' chànain don luchd-obrach aca, agus a' brosnachadh na Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Tha clasaichean Gàidhlig air an tabhann aig a h-uile h-ìre cànan do luchd-obrach BCPA ann am Pàrlamaid na h-Alba tro sgeama ionnsachadh cànan</i>	
	<i>Stòrasan Gàidhlig rim faighinn anns an Ionad Stòrasan Ionnsachaidh</i>	
	<i>Faodaidh luchd-obrach BCPA iarrtas a chur a-steach do sgeama saor-thoileach BCPA air foghlam leantaileach airson cosgais trèanaidh sa Ghàidhlig a phàigheadh</i>	
Luchd-obrach		
Fastadh: Cuiridh e gu mòr ri inbhe a' chànain nuair a tha dreuchdan gan cruthachadh far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no feumail, agus ann a bhith ga comharradh mar sgil a bhiodh feumail ionnsachadh.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Chan eil poileasaidh foirmeil ann ged a tha BCPA a' fastadh luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig airson taic a thoirt do choluadair poblach Gàidhlig</i>	
Molaidhean leasachaidh	Deasaich stiùireadh do Cheannardan Oifis air ciamar bu chòir dreuchdan Gàidhlig a shònrachadh a' cleachdadh mìneachadh Bòrd na Gàidhlig (a' feitheamh ri mìneachadh bho Bhòrd na Gàidhlig air dreuchdan far am biodh Gàidhlig riatanach/feumail)	Ron t-Sultain 2009
	Thèid modhan fastaidh a dheasachadh airson gum feum Ceannardan Oifis beachdachadh air dreuchdan a shònrachadh a rèir sgilean Gàidhlig nuair a tha feadhainn rin lìonadh/feadhainn ùra air an cruthachadh agus feumaidh iad an co-dhùnadh aca a dhìon (a' feitheamh ri mìneachadh bho Bhòrd na Gàidhlig air dreuchdan far am biodh Gàidhlig riatanach/feumail)	Ron t-Sultain 2010
	Atharraich an cùrsa trèanaidh air Fastadh & Taghadh airson dèiligeadh ri sònrachadh dhreuchdan (a' feitheamh ri mìneachadh bho Bhòrd na Gàidhlig air dreuchdan far am biodh Gàidhlig riatanach/feumail)	Ron t-Sultain 2011
	Cuir bann sanasachd anns a h-uile sanas obrach ag innse dealas na Pàrlamaid airson Gàidhlig a bhrosnachadh	Ron t-Sultain 2010
	Ath-sgrìobhadh air dealbh dreuchd Oifigear Conaltraidh Gàidhlig gus am bi leasachadh/brosnachadh a' chànain na phàirt dheth	Ron t-Sultain 2008

Luchd-obrach		
Sanasachd: Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' togail aire gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh ann am beatha phoblach na dùthcha agus gu bheil spèis ga chur air àite luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach.		
Cleachdaidhean an-dràsta	<i>Rinneadh sanasachd dhà-chànanach air dreuchdan nan Oifigearan Gàidhlig gu ruige seo ach chan eil poileasaidh foirmeil ann</i>	
Molaidhean leasachaidh	Stèidhich poileasaidh foirmeil airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach a shanasachd anns an dà chànan, a' cleachdadh aithne chorporra dhà-chànanach nuair a thèid sin a thoirt a-steach	Bhon Chèitean 2008

Gnìomhan Poileasaidh		
Tha am Bòrd a' moladh gum bi gealladh ann am Planaichean Gàidhlig gun tèid measadh a dhèanamh air a' bhuidhean a th' aig poileasaidh sam bith air cànan, agus gum bi poileasaidhean an ùghdarrais a' freagradh nan ceuman anns a' Phlana Ghàidhlig. Tha am Bòrd airson gun tèid poileasaidhean a leasachadh, far a bheil sin iomchaidh, a tha a' brosnachadh agus a' cuideachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig		
Molaidhean leasachaidh	Thoir Gàidhlig an lùib a' phròiseas cruthachadh poileasaidh/sgrùdaidh anns na dòighean a leanas:	
	Cuir earrann mu bhuidhean air Gàidhlig ann an samhaillean nam pàipearan deasachadh poileasaidh aig BCPA/Buidheann Luchd-stiùiridh/SAM gus dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt do gheallaidhean BCPA fo Achd na Gàidhlig	Ron Mhàrt 2009
	Thoir Gàidhlig an lùib nan sgrìobhainnean buntainneach air poileasaidh agus modh gus dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt do gheallaidhean BCPA fo Achd na Gàidhlig	Ron t-Sultain 2009
	Deasaich plana conaltraidh airson aire a thogail mun Phlana Ghàidhlig. Cuir am plana conaltraidh an gnìomh	Ron t-Sultain 2009 Giblean 2010 gu Sultain 2013
	Dèan deuchainn air Latha Gàidhlig mar phàirt de Shreath Thachartasan & Taisbeanaidhean mòra BCPA anns an t-Samhain 2008 Beachdaich air an deuchainn agus dèan leasachadh air an Latha Ghàidhlig airson nam bliadhnaichean ri teachd le sùil ri raon farsaing de chom-pàirteachasan a dhèanamh leis na buidhnean a tha cudromach a thaobh am Plana Nàiseanta a ghnìomhachadh.	Samhain 2008 Samhain 2009-13

A' Cuideachadh le *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a Chur an Gnìomh

Tha *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a' dealbh àm nuair a tha a' Ghàidhlig na cànan fallainn, beòthail ann an Alba a tha ùr-nodha, ioma-chultarach is ioma-chànanach agus far a bheil cleachdadh, luach agus spèis don chànan a' sìor-èirigh. Tha e a' sònrachadh ceithir bun-bheachdan mu leasachadh cànan a dh'fheumte gabhail riutha ma tha an t-àm sin dol a thighinn gu bith:

Ionnsachadh cànan – mar a chuidichear daoine Gàidhlig ionnsachadh
Cleachdadh cànan – mar a chuidichear daoine Gàidhlig a chleachdadh
Inbhe cànan – mar a ghabhas inbhe na Gàidhlig a thogail
Corpas cànan – mar a ghabhas corpas na Gàidhlig a leasachadh

Chaidh grunn raointean prìomhachais a shònrachadh airson gach fear de na bun-bheachdan sin.

Tha an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig* ag ràdh "Tha an t-àite a dh'fhaodas a bhith aig ùghdarrasan poblach air feadh Alba air leth cudromach gus am *Plana Nàiseanta* a chur an gnìomh. Tha am Bòrd airson gum bi ùghdarrasan poblach an sàs anns a' Phlana Nàiseanta, ag aithneachadh gnìomhan as urrainn dhaibh dèanamh anns na raointean sa bheil iad ag obair, agus gun gabh iad ceumannan gus na gnìomhan sin a choileanadh." (td33).

Tha an earrann seo den phlana a' mìneachadh ciamar a chuidicheas BCPA gnìomhachadh nan raointean prìomhachais buntainneach a chaidh a shònrachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Nuair a tha cleachdadh a' tachairt mar-thà tha seo sgrìobhte ann an *clò Eadailteach*.

<p>Prionnsapal Planadh Cànan a' Phlana Nàiseanta: Ionnsachadh Cànan Meudachadh air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an cànan ga thoirt seachad agus gu bheil cothroman èifeachdach ann airson Gàidhlig ionnsachadh.</p>		
<p>Raon Prìomhachais buntainneach sa Phlana Nàiseanta <i>(Briathran bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig)</i></p>	<p>Gnìomh BCPA</p>	<p>Notaichean</p>
<p>Ionnsachadh tro foghlam: Tha sinn mothachail air cho fìor chudromach 's a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG) agus cho luachmhor 's a tha foghlam luchd-ionnsachaidh (FLI), agus tha sinn airson càileachd na dhà a thogail agus cothroman orra a bhrosnachadh agus airson àireamhan agus leantaileachd ann am FTMG a chur am meud.</p>	<p>Cuiridh BCPA taic ri FTMG agus Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh tro a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ <i>A' dèanamh stuthan Gàidhlig airson foghlam is obair-choimhearsnachd</i> ▪ <i>A' libhrigeadh sheiseanan do sgoiltean anns a' Phàrlamaid, prògram BPA ann an Sgoiltean, trèanadh in-sheirbheis agus seirbheisean coimhearsnachd eile sa Ghàidhlig</i> 	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh air foillseachaidhean foghlaim ri lorg ann an earrann nam Prìomh Gheallaidhean fo:</p> <p>Foillseachaidhean>Stuth air Pàipear</p> <p><i>Seo an cleachdadh an-dràsta.</i></p>
<p>Ionnsachadh ann am foghlam inbheach: Tha sinn mothachail gu bheil e cudromach cothroman a thoirt do dh'inbheach fàs fileanta agus litearra sa Ghàidhlig, agus tha sinn airson</p>	<p>Bheir BCPA taic do dh'inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig le bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> ▪ <i>A' libhrigeadh grunn sheiseanan sa Phàrlamaid agus sa choimhearsnachd do luchd-ionnsachaidh inbheach</i> 	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh air trèanadh luchd-obrach BCPA ri lorg ann an Earrann nam Prìomh Gheallaidhean fo:</p>

meudachadh a thoirt air an uiread a th' ann de na cothroman seo agus na tha gan gabhail	<ul style="list-style-type: none"> ▪ <i>A' tabhann raon chothroman ionnsachaidh air luchd-obrach BCPA</i> 	Luchd-obrach>Ionnsachadh cànan
---	--	--------------------------------

Prionnsapal Planadh Cànan a' Phlana Nàiseanta: Cleachdadh Cànan Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, cothroman a libhrigeadh airson Gàidhlig a chur gu feum, agus adhartachadh cothruim air modhan labhairt Gàidhlig.		
Raon Prìomhachais buntainneach sa Phlana Nàiseanta <i>(Briathran bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig)</i>	Gnìomh BCPA	Notaichean
Cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan: Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha Gàidhlig ann an coimhearsnachdan far a bheil mòran ga bruidhinn, agus tha sinn airson cleachdadh na Gàidhlig, agus misneachd sa Ghàidhlig, a chur am meud anns a h-uile coimhearsnachd.	Cumaidh BCPA orra a' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan tro a bhith: <ul style="list-style-type: none"> ▪ A' cleachdadh innealan eadar-mhìneachadh mar-aon aig coinneamhan poblach far a bheil sin iomchaidh ▪ A' libhrigeadh sheirbheisean do dh'fhoghlam Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na h-Alba ▪ A' sgaoileadh fhoillseachaidhean BCPA Gàidhlig tro Lionraidhean Leabharlannan Compàirteachaidh agus Leabharlannan Ceangailte 	Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh air cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan poblach ri lorg ann an Earrann nam Prìomh Gheallaidhean fo: Conaltradh>Coinneamhan Poblach Seo an cleachdadh an-dràsta. Seo an cleachdadh an-dràsta.
Cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach: Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a	Cuiridh BCPA taic ri cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach anns na dòighean a leanas:	Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de Earrann nam Prìomh Gheallaidhean fo:

<p>tha cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach, agus tha sinn airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chur am meud ann an àiteachan-obrach, agus ann an conaltradh leis a' phoball.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Is i a' Ghàidhlig cànan àbhaisteach luchd-obrach Seirbheis na Gàidhlig</i> • <i>Tha grunn fhaciltean ann do luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig, stòrasan cànan (tro Sheirbheis na Gàidhlig), cothroman trèanaidh ann an cànan (tron Sgioba Trèanaidh & Leasachaidh) agus stuthan TF Gàidhlig (tro TFG)</i> • <i>Faodaidh luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh (tron Sgioba Trèanaidh & Leasachaidh)</i> • <i>Bheir Seirbheis na Gàidhlig taic do luchd-obrach agus Buill a tha airson Gàidhlig a chleachdadh san obair phàrlamaidich aca</i> • <i>Thèid conaltradh Gàidhlig le muinntir a' phobail a bhrosnachadh ann an grunn dhòighean a tha air an ainmeachadh ann an earrann nam Prìomh Gheallaidhean den phlana seo</i> 	<p>Luchd-obrach>Ionnsachadh cànan</p> <p>Conaltradh>Fàilteachas</p> <p>Conaltradh>Fàilteachas Conaltradh>Fòn Conaltradh>Post agus post-d Conaltradh>Foirmichean Foillseachaidhean>Foillseachaidhean agus na meadhanan Foillseachaidhean>Stuth air pàipear Foillseachaidhean>Làrach-lìn</p>
<p>Adhartachadh Gàidhlig anns na meadhanan:</p>	<p>Adhartaichidh BCPA Gàidhlig anns na meadhanan tro bhith:</p>	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de</p>

<p>Tha sinn a' tuigsinn cho fìor chudromach 's a tha àrdachadh an uiread Gàidhlig a nochdas anns na meadhanan clò, craolaidh agus air-loidhne, agus tha sinn airson farsaingeachd, uiread agus càileachd na tha ri fhaighinn a chur am meud</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>A' libhrigeadh fhiosan-naidheachd sa Ghàidhlig</i> • <i>A' libhrigeadh luchd-labhairt Gàidhlig do na Meadhanan Gàidhlig nuair a tha sin iomchaidh</i> • <i>A' libhrigeadh farsaingeachd de dh'fhiosrachadh sa Ghàidhlig air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba</i> 	<p>Earrann nam Prìomh Gheallaidhean: Foillseachaidhean>Dàimh phoblach agus na meadhanan Foillseachaidhean>Làrach-lìn</p>
<p>Adhartachadh Gàidhlig anns na h-ealain: Tha sinn a' tuigsinn gu bheil ealain a tha gan cur an cèill tron Ghàidhlig air leth cudromach agus tha sinn airson sàr-obair, ruigsinneachd agus com-pàirt a bhrosnachadh</p>	<p>Brosnaichidh BCPA Gàidhlig anns an h-ealain tro bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>A' cur thiotalan Gàidhlig air obair ealain ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba</i> • <i>A' beachdachadh air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha obair ealain/taisbeanaidhean gam barrantachadh san àm ri teachd</i> 	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de Earrann nam Prìomh Gheallaidhean: Aithne>Soidhnichean Sgioba nan Tachartasan & Taisbeanaidhean Bho 2010</p>
<p>Adhartachadh Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus cur-seachad: Tha sinn a' tuigsinn gu bheil e deatamach agus cudromach gum bi Gàidhlig nas follaisich ann an turasachd, dualchas agus cur-seachad agus tha sinn airson seo adhartachadh agus a bhrosnachadh far an gabh sin dèanamh.</p>	<p>Brosnaichidh BCPA Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus cur-seachad tro bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>A' libhrigeadh turasan treòraichte sa Ghàidhlig</i> • <i>A' cur thiotalan Gàidhlig air obair ealain ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba</i> 	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de earrann nam Prìomh Gheallaidhean: Aithne>Soidhnichean</p>

	<ul style="list-style-type: none"> • A' cleachdadh Gàidhlig ann an taisbeanadh seasmhach Pàrlamaid na h-Alba 	
<p>Prionnsapal Planadh Cànan a' Phlana Naiseanta: Inbhe Cànan Airson Gàidhlig a dhèanamh nas follaisiche, nas aithnichte agus airson deagh ìomhaigh a thoirt don chànan ann am beatha phoblach na h-Alba.</p>		
<p>Raon Prìomhachais buntainneach sa Phlana Naiseanta (Briathran bho Phlana Naiseanta na Gàidhlig)</p>	<p>Gnìomh BCPA</p>	<p>Notaichean</p>
<p>Deagh ìomhaigh don Ghàidhlig: Tha sinn mothachail gu bheil deagh ìomhaigh cudromach don Ghàidhlig, agus tha sinn airson a h-uile cothrom a ghabhail gus cliù na Gàidhlig agus aire dhaoine ma deidhinn a thogail.</p>	<p>Brosnaichidh BCPA deagh ìomhaigh agus barrachd follaiseachd don Ghàidhlig tro bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' toirt na Gàidhlig an luib aithne chorporra Pàrlamaid na h-Alba • A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean sealach agus seasmhach • A' cur bann-sanasachd Gàidhlig air a h-uile post-d a thèid a-mach • A' cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanadh sealach Pàrlamaid na h-Alba • A' cleachdadh a' chaochlachd cheuman a tha rim faicinn ann an earrann gnìomhan poileasaidh a' phlana seo 	<p>Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de earrann nam Prìomh Gheallaidhean:</p> <p>Aithne > Aithne Chorporra</p> <p>Aithne>Soidhnichean</p> <p>Gnìomhan Poileasaidh</p>
<p>A' dèanamh na Gàidhlig nas follaisiche ann an Alba: Tha sinn mothachail gum feum a' Ghàidhlig a bhith follaiseach ann an Alba ann an ìomadh suidheachadh agus tha sinn airson brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhollaiseachd a' chànan aig àm sam bith a ghabhas sin dèanamh.</p>		

Prionnsapal Planadh Cànan a' Phlana Nàiseanta: Corpas Cànan Airson a' Ghàidhlig a dhèanamh nas buntainniche agus nas cunbhalache agus airson rannsachadh mun chànan a bhrosnachadh.		
Raon Prìomhachais buntainneach sa Phlana Nàiseanta (Briathran bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig)	Gnìomh BCPA	Notaichean
Leasachadh litreachadh, briathrachas agus ainmean-àite na Gàidhlig: Tha sinn mothachail gu bheil feum air ceuman agus structairean iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil beartas, buntainneas agus cunbhalachd a' chànan air an glèidheadh agus air an neartachadh	Brosnaichidh BCPA leasachadh corpas na Gàidhlig tro bhith: <ul style="list-style-type: none"> • A' cur taic ri pròiseact <i>Facclair na Pàrlamaid le bhith a' toirt dhaibh faclan airson eadar-theangachadh agus comhairle iomchaidh.</i> • A' gabhail pàirt ann an <i>Ainmean Àite na h-Alba (AAA) agus obair fhreagarrach sam bith eile ann am planadh corpais</i> 	Seo an cleachdadh an-dràsta.
Eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachaidh na Gàidhlig: Tha sinn mothachail air cho cudromach 's a tha e gun tèid barrachd fiosrachaidh eadar-theangachadh don Ghàidhlig, agus tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh na Gàidhlig soilleir agus aig deagh inbhe.	Cuiridh BCPA taic ri eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh tro bhith: <ul style="list-style-type: none"> • Ag eadar-theangachadh raon sgrìobhainnean, foillseachaidhean agus duilleagan-lìn don Ghàidhlig • Dèanamh cinnteach gu bheil càileachd an eadar-theangachaidh cho math 's a ghabhas • A' libhrigeadh eadar-mhìneachadh mar-aon aig coinneamhan poblach 	Tha plana BCPA airson tuilleadh leasachaidh ri lorg anns na pàirtean seo de earrann nam Prìomh Gheallaidhean: Conaltradh>Post agus post-d Conaltradh>Foirmichean Foillseachaidhean>Dàimh phoblach agus meadhanan Foillseachaidhean>Stuth air Pàipear Foillseachaidhean>Làraich-lìn Foillseachaidhean>Taisbeanaidhean Conaltradh>Coinneamhan Poblach

	<p>nuair a tha sin iomchaidh</p> <ul style="list-style-type: none">• A' toirt stiùireadh stoidhle do dh'eadar-theangairean Gàidhlig a tha ag obair don BCPA	
--	---	--

A' Sgrùdadh Gnìomhachadh a' Phlana

Cumaidh Buidheann Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig sùil air adhartas a dh'ionnsaigh targaidean a' phlana agus deasaichidh iad aithisg sgrùdaidh gach bliadhna. Bidh dleastanas air a' bhuidhinn seo cuideachadh airson ath-bhreithneachadh air a' phlana, ùrachadh a dhèanamh air agus a chur a-steach a-rithist taobh a-staigh còig bliadhna.

Bidh a' bhuidheann air a dhèanamh an àirde de riochdairean bho Riaghladh Ghoireasan, Oifis nam Meadhanan, Seirbheis na Gàidhlig, Seirbheisean Luchd-tadhail agus Coimhearsnachd, An t-Aonad Poileasaidh Corporra, a' Buidheann-stiùiridh Laghail agus sgiobannan eile mar a bhios iomchaidh. Bidh Ceannard nan Gnothaichean Poblach ga stiùireadh.

A' Cur Fios Thugainn

Is e an t-Àrd-oifigear le dleastanas airson Plana Gàidhlig BCPA a dheasachadh agus a libhrigeadh agus airson a sgrùdadh:

Michelle Hegarty
Ceannard Ghnothaichean Poblach
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann EH99 1SP

Michelle.hegarty@scottish.parliament.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Alasdair MacCaluim / Marc Mac an Fhìlidh
Oifigearan Conaltraidh Gàidhlig
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann EH99 1SP

Gaidhlig@scottish.parliament.uk

Fòn: 0131 348 5395
Facs: 0131 348 5601

Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

Tha e mar dhleastanas air BCPA fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Plana Gàidhlig a dheasachadh agus co-chomhairle a dhèanamh air le luchd-ùidh. Ghabh BCPA ris an dreachd phlana seo mar bonn-stèidh na co-chomhairle air 07 Samhain 2007.

Bu chòir beachdan air a' phlana a chur gu:

gaidhlig@scottish.parliament.uk

no tron phost gu:

Seirbheis na Gàidhlig
Pàrlamaid na h-Alba
Dùn Èideann EH99 1SP

Fòn: 0131 348 5395

Facs: 0131 348 5601

Fo Phoileasaidh Cànan BCPA, cuirear fàilte air freagairtean ann an Gàidhlig, Beurla no cànan sam bith eile.

Bu chòir freagairtean a bhith a-staigh ro **Dhiluain 14 Faoilleach 2008**.

Mus cuir sibh fianais a-steach, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air an fhiosrachadh a leanas a leughadh a thaobh làimhseachadh freagairtean don cho-chomhairleachadh seo.

Làimhseachadh Freagairtean Co-chomhairleachaidh

Bidh na freagairtean co-chomhairleachaidh gan cur an àirde air làraich-lìn Pàrlamaid na h-Alba agus rim faighinn ann an Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba. A bharrachd air sin dh'fhaodadh gum bi freagairtean gan togail agus gan cleachdadh anns an aithris air a' phròiseas cho-chomhairleachaidh.

Ma tha sibh airson ur fianais a bhith ga foillseachadh gun ainm no ma tha sibh airson freagairt dhìomhair a chur a-steach, an dèan sibh cinnteach gum bheil sin soilleir anns an fhreagairt agaibh.

Cuideachd, dh'fhaodadh gum bi corra shuidheachadh ann far nach rachadh ur freagairt fhoillseachadh no far am faodamaid a deasachadh mus tèid a foillseachadh airson adhbharan laghail.

Achd Dion Dàta 1998

Feumaidh BCPA cumail ri Achd Dion Dàta 1998. Tha seo a' bualadh air an fhiosrachadh as urrainn dhuinn fhoillseachadh mu dhaoine a tha fhathast maireann.

Nuair a dh'fhoillsicheas sinn ur fianais, chan fhoillsich sinn an làmh sgrìobhte agaibh no fiosrachadh mur deidhinn (leithid àireamh-fòn no an seòladh dachaigh agaibh).

Is dòcha cuideachd gum bi againn ri deasachadh a dhèanamh air fiosrachadh a chomharraicheadh neach maireann eile nach tug cead sònraichte gun rachadh fiosrachadh mun deidhinn fhoillseachadh.

Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002

Ma dh'iarras sibh nach tèid ur freagairt fhoillseachadh, no ma tha sibh airson ur freagairt a bhith gun ainm, cumaidh sinn ri ur n-iarrtas, ach bu chòir dhuibh a bhith mothachail gu bheil BCPA fo bhuidh Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus dh'fheumadh beachdachadh air iarrtas sam bith air a dhèanamh fo bhuidh na h-Achd seo airson fiosrachadh a' buntainn ri freagairt sam bith air a cur ris a' phròiseas cho-chomhairleachaidh seo.

Foillseachadh air-loidhne agus lethbhreacan a bharrachd

Tha am foillseachadh seo ri fhaighinn air-loidhne aig www.scottish.parliament.uk.

Tha tionndaidhean air pàipear rim faighinn aig an t-seòladh gu h-àrd.

Pàipear-taice A: Plana Gàidhlig BCPA: Sgrùdadh air cleachdadh

Chaidh an sgrìobhainn a leanas a thogail bho phàipear a rinneadh san Ògmhios 2007 mar chùl-fhiosrachadh air deasachadh Plana Gàidhlig BCPA.

Ro-ràdh

Tha am pàipear seo a' comharradh an uiread a tha seirbheisean Gàidhlig BCPA gan cleachdadh le Buill agus an luchd-obrach aca, luchd-obrach BCPA agus am poball. Chaidh a sgrìobhadh airson taic fiosrachaidh a thoirt do dheasachadh *Plana Gàidhlig BCPA*.

Luchd-tadhail

Bùth

Tha a' bhùth a' reic grunn rudan Gàidhlig an-dràsta (uisge-beatha le sanas Gàidhlig, mugaichean, pinn agus 5 leabhraichean Gàidhlig aig an àm seo). Tha 35% de na cunntasan reic a' dol mu choinneamh an uisge-beatha Gàidhlig, am muga Gàidhlig 26% agus am muga Beurla/Gàidhlig 35%. Chan eil àireamhan ann airson nam peann Gàidhlig, ged a tha barrachd gan reic de na pinn Bheurla. Anns a' chumantas thèid 3 leabhraichean Gàidhlig a reic a h-uile mìos agus beagan a bharrachd thar mìosan an t-samhraidh.

Crèche

Bidh an Crèche a' faighneachd air an fhoirm inntrigidh aca dè a' chiad chànan a th' aig an leanabh. Chan eil dòigh aithneachadh cò a' chlann a th' ann am fòghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig mura tèid Gàidhlig a chur sìos mar a' chiad chànan aca. Thathas air 2 leanabh aig an robh Gàidhlig a chlàradh gu ruige seo, bho dh'fhosgail iad ann an 2004.

Tursan

A thuilleadh air na tursan a rinn na h-Oifigearan Gàidhlig no Buill le Gàidhlig mar phàirt de thachartas no seisean foghlaim sa Phàrlamaid, cha d'fhuaras iarrtas sam bith airson 'turas oifigeil' sa Ghàidhlig.

Seiseanan sa Phàrlamaid

Ann an 2004-5: chaidh 21 seisean a chumail uile gu lèir, le 357 neach a' gabhail pàirt. Bha 14 de na seiseanan do sgoiltean/òigridh agus an còrr do dh'inbhich.

Ann an 2005-6: bha 15 seisean ann uile gu lèir, le 311 neach a' gabhail pàirt, 13 de na seiseanan do sgoiltean/òigridh agus an còrr do dh'inbhich.

Leabhraichean ann an Talla a' Phobaill:

(Faic 'Seirbheisean coitcheann don Phoball' gu h-ìosal)

Gairmean fòn don ionad fàilte

Tha an uiread ghairmean fòn/ceistean don ionad fàilte bho luchd-labhairt na Gàidhlig ga thuairmeas aig 1-2 gach mìos, sa chumantas.

Tachartasan

Airson beagan bhliadhnaichean a-nis, tha Deasbad Nàiseanta Bliadhnaile nan Sgoiltean Gàidhlig, le rèidio a' BhBC an làthair, air a bhith na phàirt de phrògram thachartasan mòra BCPA. O chionn ghoirid thòisich a' Bhuidheann Thar-phàrtaidh air Gàidhlig a bhith a' cumail na cuirme aca air an aon oidhche. Tha an t-Oifigear-riaghlaidh cuideachd air faclan fàilte a ràdh aig tachartasan air grunn thursan. Chan eil àireamhan gan cumail an-dràsta air cleachdadh na Gàidhlig airson na mòr-chuid de thachartasan beaga/meadhanach a bhios BPA a' cumail a chionn gur e roghainn a' Bhuill agus na buidhne a tha a' cumail an tachartais an cleachd iad Gàidhlig agus is iadsan a chuireas cùisean air dòigh airson sin a dhèanamh.

Seirbheisean coitcheann don phoball

Cleachdadh na Làraich-lìn

Gearran 2007	Tadhalan uile	Luchd-tadhail uile	IP fa leth uile	Cuibheasachd gach latha
Siubhal gu làrach PA	10,815,711	251,538	128,903	8,983
Gu Duilleagan Cànain (seach Beurla)	37,075	5,383	3,712	192
Duilleagan Gàidhlig	19,252	2,644	1,657	94

Sgrùdadh àireamhan:

Gearran 2007:

Chaidh 1.05% de Luchd-tadhail a sheall air làrach-lìn PA gu na Duilleagan Gàidhlig agus 49.11% de Luchd-tadhail air duilleagan Cànain do na Duilleagan Gàidhlig.

Chaidh 1.28% de IP fa leth a sheall air làrach-lìn PA gu na duilleagan Gàidhlig, agus 44.6% de IP fa leth a sheall air duilleagan Cànain PA do na duilleagan Gàidhlig.

Sheall 1.04% de thadhalan gach latha air na Duilleagan Gàidhlig, bha 48% de na sheall ri duilleagan Cànain (gach latha) a' dol do na Duilleagan Gàidhlig.

Tha na h-àireamhan sin, air an taisbeanadh mar àireamh sa cheud, (1.05%, 1.28% & 1.04%) a' freagrachd na shùilicheadh sinn a rèir eòlas-sluaigh na h-Alba (sin, 1.15% a bhruidhneas Gàidhlig). Ach, chithear le sùil aithghearr air

na h-àireamhan cleachdaidh, gun tàinig isleachadh mòr air an uiread thadhalan do na Duilleagan Gàidhlig mun t-Samhain an-uiridh. Is e an t-adhbhar airson seo gun deach criathar ùr a chur an sàs (mun t-Samhain) a tha a-nis a' cumail a-mach às an àireamh 'spiders' agus 'bots' (prògraman coimpiutair a bhios a' sgrùdadh an eadar-lìn a' dèanamh cinnteach à duilleagan agus ceangalan)

Cleachdadh na Làraich-lìn Faoilleach 2006 - Gearran 2007

Mios	Tadhalan uile	Luchd-tadhail uile	IP fa leth uile
Faoilleach 2006	37,703	14,352	2,440
Gearran	40,517	13,917	3,052
Màrt	73,964	26,015	3,531
Giblean	67,949	16,903	3,291
Cèitean	66,869	15,386	3,369
Ògmhios	53,771	15,727	3,253
Iuchar	44,891	14,619	3,067
Lùnastal	50,907	9,773	2,716
Sultain	35,031	9,115	2,911
Dàmhair	32,997	10,323	3,013
Samhain	20,744	2,818	1,643
Dùbhlachd	15,955	2,334	1,361
Faoilleach 2007	24,364	3,176	1,958
Gearran	19,252	2,644	1,657

Tron àm seo, bha duilleag aghaidh na Gàidhlig anns a' phrìomh 100 de dhuilleagan-lìn Pàrlamaid na h-Alba a chaidh a thadhal. B' e àir. 66 (Faoilleach 2006) an t-àite a b' isle a bh' aca agus àir. 34 (Iuchar 2006) an t-àite a b' àirde. Glè thrì, bha barrachd air aon duilleag Ghàidhlig anns a' phrìomh 100 aig aon àm. Bha clàr-innse na Gàidhlig agus an duilleag aghaidh am measg nan 5 duilleagan Cànain a b' àirde.

Àireamhan seirbheisean coimhearsnachd

Tha BCPA air a bhith ag ath-bhreithneachadh air an dòigh-obrach aca a thaobh foghlam agus seirbheisean coimhearsnachd. A rèir nan àireamhan a th' againn gu ruige seo, fon t-seann dòigh-obrach, rinn sinn:

Ann an 2004-5: 26 seisean uile gu lèir, le 596 neach a' gabhail pàirt. Bha 17 seiseanan do sgoiltean/òigridh agus an còrr do dh'inbhich.

Ann an 2005-6: 7 seisean do dh'inbhich le 270 neach a' gabhail pàirt. A thuilleadh air seo, ghabh 96 sgoilear ann an 7 aonad Gàidhlig pàirt anns an sgeama *BPA ann an Sgoiltean*.

Ann an 2006-7: 9 seisean do dh'inbhidh le 160 neach a' gabhail pàirt. Bha 18 seisean foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus 1 airson clas luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus ghabh mu 215 sgoilear pàirt.

Conaltradh sgrìobhte Gàidhlig

Do Sheirbheis na Gàidhlig:

Tha an ìre conaltraidh Gàidhlig ìosal agus caochlaideach; am badeigin eadar 5-10 ceist air post no post-d gach mìos, anns a' chumantas. Ach, faodaidh margaidheachd atharrachadh a thoirt air an àireamh sin – fhuair an t-seirbheis 13 iarrtas airson fhoillseachaidhean Gàidhlig ann an trì làithean nuair a chaidh foirm òrduigh a chur an lùib litir a chaidh a-mach (an tionndadh Gàidhlig den bhileig Fiosrachadh a' Phobaill 'Ag Obair Dhuibhse') a' sealltainn cho caochlaideach 's a tha iarrtas air an t-seirbheis agus mar a tha buaidh dhìreach aig margaidheachd air ùidh dhaoine agus air cleachdadh.

A thuilleadh air seo, tha Seirbheis Fiosrachadh a' Phobaill ga thuairmse gum bi iad a' faighinn 6 iarrtas airson fiosrachadh a thaobh chùisean Gàidhlig gach bliadhna.

Don Oifigear-riaghlaidh:

Mu 12 litir sa bhliadhna a dh'fheumas eadar-theangachadh Gàidhlig.

Do chomataidhean:

Chan eil comataidhean a' faighinn ach beagan conaltraidh sa Ghàidhlig: 5-10 litir/tagradh gach bliadhna uile gu lèir. Chan eil seo a' cunntadh Bile na Gàidhlig (Alba) a fhuair dusanan fhreagairtean.

Gu ruige seo, tha a' Phàrlamaid air aon athchuinge Ghàidhlig fhaighinn agus 2 no 3 a bha dà-chànanach.

Bileagan:

Àireamh Cleachdaidh sa Mhìos airson Prìomh Fhoillseachaidhean (àireamhan mu dheireadh bhon Dàmhair 2006)

Cànan	"A' Togail do Ghuth"	"Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba ag obair "	"Do thuras do Phàrlamaid na h-Alba"
Beurla	1,060	4,799	7,616
Gearmailtis	Neo-bhuntainneach	266	275
Frangais	Neo-bhuntainneach	216	254
Spàinntis	Neo-bhuntainneach	171	266
Gàidhlig	78	159	160
Sinis	57	124	114
Eadailtis	Neo-bhuntainneach	85	112
Ruisis	Neo-bhuntainneach	65	80
Arabais	43	36	43
Beangàilidh	51	22	30

Chan eil dòigh, aig an àm seo, fios a bhith againn co mheud bileag a tha a' dol a-mach tro iarrtasan airson foillseachadh sònraichte agus co mheud a tha gan togail bhon lobaidh phoblach. Bu chòir mothachadh gu bheil sgoiltean a' cleachdadh mòran de dh'fhoillseachaidhean Pàrlamaid na h-Alba agus gur e prìomh thargaid obair-choimhearsnachd Seirbheis na Gàidhlig a bh' annta. Thig a' phàirt seo de dh'obair na seirbheis an lùib an ath-bhreithneachaidh a tha ga dhèanamh an-dràsta air foghlam/obair-choimhearsnachd.

Iarrtasan eadar-theangachaidh airson soidhnichean comataidh: 5-10 gach bliadhna

Iarrtasan airson shoidhnichean sealach/seasmhach: 5-10 gach bliadhna

Luchd-obrach

Cleachdadh Làrach-lìn taobh a-staigh na Pàrlamaid

Mar as tric, tha an làrach-lìn Ghàidhlig anns a' phrìomh 100 duilleagan-lìn a bhios luchd-obrach a' cleachdadh agus uaireannan tha i sa phrìomh 50; tha àireamhan cleachdaidh gu math caochlaideach, a' dol bho 85 tadhal san Lùnastal 2006 gu àirde aig 442 anns an t-Samhain 2006.

Trèanadh

A thaobh trèanadh ann an clasaichean cànan airson luchd-obrach BCPA, chlàraich ochdnar air cùrsaichean ann an 2005/6 agus còignear air cùrsaichean ann an 2006/7. Tha a' mhòr-chuid de na clasaichean aig ìre iar-luchd-tòiseachaidh/eadar-mheadhanach ged a tha cuid aig an ìre adhartach.

Taic do BPA anns an obair phàrlamaidich aca

- Bidh an t-Oifigear-riaghlaidh ag iarraidh cuideachadh le eadar-theangachadh/fuaimneachadh: a h-uile dà mhìos.
- Bidh Buill/oifisean ag iarraidh cuideachadh le litreachadh/fuaimneachadh/cleachdadh na Gàidhlig agus le eadar-theangairean a lorg: 10-20 uair sa bhliadhna.

Aire

A thaobh aire a' phobaill a thogail mu dheidhinn Seirbheis na Gàidhlig:

- Tha TWISP (An t-Seachdain seo ann am Pàrlamaid na h-Alba) agus ceanglaichean do dh'fhiosan-naidheachd Pàrlamaideach a' dol a-mach gu 262 neach/buidheann le ùidh annta tron phost-d a h-uile seachdain.
- Tha 503 seòlaidhean san RA air an liosta puist againn agus 59 taobh a-muigh na RA.

- Bidh luchd-obrach na Gàidhlig a' bruidhinn air BBC Radio nan Gàidheal 10-12 turas sa bhliadhna.
- Bidh fiosrachadh mun Phàrlamaid a' nochdadh ann an 'Cothrom' an iris dhà-chànanach do luchd-labhairt/luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, aig a bheil còrr is mìle neach-leughaidh.
- Tha earrann mun Phàrlamaid anns a' Ghàidheal Ùr – am pàipear-naidheachd Gàidhlig an-asgaidh a bhios a' nochdadh gach mìos.
- Tha stàl agus tachartasan le BPA an còmhnaidh aig Seirbheis na Gàidhlig aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, an tachartas cultarach Gàidhlig as motha sa bhliadhna, agus bidh sanasan mu dheidhinn na seirbheis a' nochdadh sa Phàipear Bheag agus Clàr Thachartasan a' Mhòid.
- A thuilleadh air seo, bidh leabhran Seirbheis na Gàidhlig a' dol an lùib a h-uile freagairt a chuireas an t-seirbheis a-mach.

Pàipear-taice B: A' Toirt Aithne Dhà-chànanach gu Buil

An-dràsta tha suaicheantas againn (fo dhìon Ceann nan Sìth-mhaor) le fo-sgrìobhadh 'The Scottish Parliament' no 'Pàrlamaid na h-Alba'.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil tionndadh Gàidhlig fa leth den t-suaicheantas ann. Mar as tric cha tèid a chleachdadh ach air stuthan Gàidhlig, leithid foillseachaidhean agus pàipearachd.

Chan eil tionndadh dà-chànanach den t-suaicheantas ann an-dràsta.

Tha an suaicheantas ga chleachdadh ann an caochladh mòr shuidheachaidhean. Bidh e cuideachd ga chleachdadh ann am beagan shuidheachaidhean neo-phoblach taobh a-staigh na buidhne, leithid còmhdaichean Còd Giùlain agus Gnàth-riaghailtean Pàrlamaid na h-Alba agus air còmhdach a' phasgan Riaghladh Coileanaidh. Cha nochd aithne dhà-chànanach anns na suidheachaidhean seo rè ùine a' chiad phlana Ghàidhlig.

Is àbhaist do BCPA an suaicheantas às aonais nam faclan a chleachdadh air soidhnichean seasmhach. Bidh faclan, ach cha bhi an suaicheantas, air cèisean pasan (*lanyards*) an luchd-obrach/luchd-cunraidh agus luchd-tadhail.

Leabhrair agus stòrasan	Foillseachaidhean gnothaich	Soidhnichean	Buill	Foirmichean/samhailean BCPA	Measgaichte
Sanasan sealach airson taisbeanaidhean	Iris Ghnothaichean	Soidhnichean Sealach	Cairtean gnothaich	Foirmichean tagraidh	Filmichean na h-Oifis Craolaidh
Leabhrair ad hoc	Còd Giùlain	Puist choncrait aig dorsan an togalaich	Soidhnichean agus uinneagan nan oifisean sgìreil/roinneil	Foirmichean craolaidh	Tiogaidean Seòmair/comataidh
Aithisgean bliadhnail	Clàran-gnothaich agus pàipearan comataidh	Brataich fiosrachaidh	Cèisean litrichean	Foirmichean Riaghladh a' Phrògram Chorporra	Còmhach sgrìobhainnean
Liosta leughaidh	Aithisgean comataidh	Clàran iùil	Cuairt-litrichean agus aithisgean bliadhnail BPA	Foirmichean RG	Bràistean aig tachartasan
Foirm gearain (ga dheasachadh)	Clàr Thachartasan		Soidhnichean freastal-lann BPA	Stiùireadh air cleachdadh suaicheantais	Ceanglaichean air làraich-lìn taobh a-muigh
Sgeama Co-ionannachd do Dhaoine le Ciorram	Aithisg Oifigeil		Làraich-lìn BPA	Pàipearachd BPA – samhailean litrichean, cairtean gnothaich msaa	Nèapaicean
Leabhrair, postairean, geamaichean, leabhranan Seirbheis an Fhoghlaim	Athchuingean		Pàipearachd clò-bhuailte ro-làimh – cairtean gnothaich, litrichean msaa	làraich-lìn BPA	Sanasan leabhair-fòn (14 leabhraichean)
Stiùireadh air taghaidhean	Clàr Leas nam Ball			'Leabhar Purpaidh' na h-Aithisg Oifigeil	Bathar bùtha - 181 seòrsa
Postairean is leabhrair na Fèis Poileataigs	Pasganan PA			Foirmichean sgiobachd me thar-ùine, bileagan	Còmhach bathar bùtha

pàighidh cùram-cloinne
msaa

Duilleagan
fiosrachaidh

Leabhraìn agus stòrasan	Foillseachaidhean gnothaich	Sanasachd	Buill	Foirmichean/samhailean BCPA	Measgaichte
Leabhraìn dealbhan Bhall	Aithisg nam Freagairtean Sgrìobhte			Samhailean solarachd	Sanasan (fastadh)
Leabhraìn fòn teagsa Fiosan-naidheachd				Foirmichean & samhailean na h-Oifis Tèarainteachd	Bràistean-ainm luchd- obrach
Comharradh-leabhair Fiosrachadh a' Phobaill - 4 seòrsa				Samhailean coitcheann - me litrichean, geàrr- chunntasan, meòrachain, facsaichean	Bràistean Luchd- obrach Èideadh Luchd-obrach Còmhdaichean Bhidio agus DVD
Leabhraìn Fiosrachadh a' Phobaill - 15 tìotal ann an grunn chànanan				Stiùiridhean SPiCe	SPEIR Làrach-lìn
Mapaichean roinneil is sgìreil				Aithisgean sìostam clàraidh airson ceistean (bho SPEIR)	
Foillseachaidhean thachartasan – bileagan, clàran-innse cuimhneachaidh				Cairtean gnothaich luchd- obrach Ceisteachain	

Fiosrachadh SPiCe

Leabhraichean
staitistearachd

Dlighe-sgrìobhaidh Pàrlamaideach. © Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba 2007.

978-1-4061-3801-6

Bu chòir iarrtasan airson ath-chleachdadh a chur ann an sgrìobhadh gu Ionad Dlighe-sgrìobhaidh, Oifis Clò-bhualadair na Banrigh airson na h-Alba, Taigh Naomh Clements, 2-16 Colegate, Norwich NR3 1BQ, Facs 01603 723000